

Slatan-tomhais

Litarrachd agus Gàidhlig

An Dùblachd 2017

Foghlam Alba

Stiùireadh air cleachdadh Shlatan-tomhais airson Measaidh Am Màrt 2017

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) (Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phrìomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasc agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais.**

Tha Slatan-tomhais a' solarachadh soilleireachd air na h-ìrean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mìneachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an littearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-ìrean gu Ceathramh ìrean (Ciad ìre gu Ceathramh ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiorsachadh agus a bhith comasach a dhèanamh airson adhartachadh tro na h-ìrean.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais gus taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Tha tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail agus cosnaidh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhrèaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha slatan-tomhais a' cur taic ri conaltradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas riaghailteachd airson measadh a dhèanamh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Bu chòir slatan-tomhais airson littearrachd is àireamhachd an cleachdadhe mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointean eile den churraicealam, tha slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc ionnsachadh bho latha gu latha san t-seòmar-sgoile, an seòmar-cluiche no àrainn obrach;
- amharc agus ais-fhiorsachadh bho ghniomhan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir air a' bhlàr a-muigh no aig greisean gniomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;
- còmhraighean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh.

Slatan-tomhais ann an raointeal curraiceala

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de fiosrachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ire den churraicealam.

Bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarsainn ionadan tràth-ionnsachaiddh is càram-chloinne agus bun-sgoiltean tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, bidh Slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan speisealtach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làdir air adhartas luchd-ionnsachaiddh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu a dhèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaiddh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ire iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san ire as àirde. Seachainnidh seo eallach-obrach a tha tuilleadh 's a' chòir do thidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaiddh. Mar eisimpleir, bu chòir do luchd-ionnsachaiddh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ire a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chòir do sgoiltean cunntas càramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdad airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

Litarrachd agus Àireamhachd

Ann an litarrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh coileanadh ire. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig irean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làdir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro riaghailteachd èifeachdach air planadh ionnsachaiddh, teagaisg agus measaidh.

Tha coileanadh air ire stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fiosrachadh tro raon fharsaing de fhianais. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdad airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an raon de fhianais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaiddh air:

- **leud** ionnsachaiddh a choileanadh tarsainn an eòlais, an tuigse agus na sgilean mar a tha iad air am mìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don an ire;
- dèiligeadh cunbalach math leis an ire de **dhùbhlàn** a tha air a mhìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don an ire agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ire ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gniomhachadh** a thaisbeanadh de na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus coimheach.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaiddh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Slatan-tomhais aig ire shònraighe agus mus gluaisear air adhart chun na h-ath ire. Ach, tha e cudromach nach eil beàrnan mòra sam bith ann an ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam priomh eagraichean anns gach raon den churraicealam.

Planadh ionnsachadh, teagasc agus measadh a' cleachdadhe nan Slatan-tomhais

A thuilleadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadhe Shlatan-tomhais, bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NÌTHEAR	PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÈANAR
<ul style="list-style-type: none"> Iomradh a thoirt air na Slatan-tomhais iomchaidh mar thaic do bhreithneachaidhean air adhartas agus coileanadh chloinne is dhaoine òga air ìre ann an littearrachd agus àireamhachd. Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointeann eile den churraicealam rè ùine. 	<ul style="list-style-type: none"> Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'fhaodadh toradh ann an cus measaidh no cus clàraighe air adhartas chloinne. Seachain an riataanas air a bhith a' tional tuilleadh 's a' chòir de fhianais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadhe.
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a chleachdadhe gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdadhe airson nan ath cheumannan dùblanach ann an ionnsachadh, a phlanadh. Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnt a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointeann a' churraicealaim. 	<ul style="list-style-type: none"> Na tùisich a' dèanamh bhreithneachaidhean air ìrean curraicealaim anns na raointeann uile den churraicealam – cum ri littearrachd agus àireamhachd. Na cruthaich dòighean mi-choltach no mionaideach air sgrùdadh no tracadh.
	<ul style="list-style-type: none"> Na bi a' measadh Shlatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga.
	<ul style="list-style-type: none"> Na comharraich, na sgrùd agus na lean Slatan-tomhais fa leth.

Slatan-tomhais – Litearrachd agus Gàidhlig Tràth-ìre

Tarsainn na h-ìre, tha luchd-ionnsachaидh a' cleachdadadh fhacail, abairtean agus conaltradh air an ionnsachadh tro chleachdadadh air a' Ghàidhlig ann an suidheachadh làn-bhogaidh.

È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
	<p>Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùibhlain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainchean rim bheatha</p>	<p>Is toigh leam a bhith a' feuchainn agus a' cluich le pátrain agus fuaimean càinain, agus is urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum.¹</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a</p> <p><i>Is toigh leam a bhith a' feuchainn agus a' taghadh sgeulachdan is theacsainchean eile airson an coimhead, an leughadh no airson èisteachd riutha, agus 's urrainn dhomh innse dè as toigh agus nach toigh leam.</i></p> <p style="text-align: center;">LIT 0-01b / LIT 0-11b</p> <p><i>Is toigh leam a bhith a' feuchainn a-mach thachartasan agus charactaran ann an sgeulachdan agus theacsainchean eile, ag innse mo bheachdan ann an diofar dhòighean.</i></p> <p style="text-align: center;">LIT 0-01c</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh agus ath-ghairm òrain, rannan agus sgeulachdan a tha a' cur taic ri ionnsachadh na Gàidhlig ann an suidheachadh làn-bhogaidh. • Èisteachd ri sgeulachdan airson cuideachadh le Gàidhlig ionnsachadh, aithneachadh agus ath-aithris air facail agus abairtean eòlach, freagairt cheistean mun t-susbaint le lùghdachadh earbsa air Beurla, a' cleachdadadh raon iomchaidh de ro-innleachdan mar thaic do fheabhas air an fhileantachd aca. • Aithneachadh / cleachdadadh / ath-aithris le cruinneas air facail agus abairtean ann an Gàidhlig agus taisbeanadh tuigse tro fhreagairtean. • Comharrachadh nan diofar fhuaimean singilte agus na fuaimean dèante le cothlamadh air litrichean san aibidil Ghàidhlig, mar eisimpleir mh, bh, th, str. • Comharrachadh fhuaimean air an ionnsachadh taobh a-staigh fhacail. • Èisteachd ri agus freagairt sgeulachdan is theacsainchean eile, ag innse mu nithean as toil agus nach toil, a' cleachdadadh fhacail agus abairtean Gàidhlig. • Conaltradh le caractaran agus thachartasan ann an sgeulachdan, òrain, cluich-riochd is teacsainchean ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir, a' cleachdadadh ath-achdachadh agus/no cleachdadadh phupaidean/cuimhneachan

¹ Tha na h-eòlasan agus builean litearrachd a tha mar uallach air luchd-teagaisg uile a' nochdadadh ann an clò Eadailteach.

<p>È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t</p> <p>Innealan airson èisteachd agus labhairt – airson mo chuideachadh nuair a bhios mi a' dèiligeadh ri daoine eile no a' dèanamh taisbeanadh an taobh a-staigh agus a-muigh dem àite ionnsachaidh</p>	<p>Mar a bhios mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidean, tha mi a' lorg fhacail is abairtean ùra. Bidh mi a' cleachdadhe iad sin gus mo chuideachadh a' labhairt, a' cluich agus ag obair còmhla ri càch.</p> <p style="text-align: center;">GAI 0-02a</p> <p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ann an diofar shuidheachaidhean, tha mi ag ionnsachadh mo 'thuras' fhìn a ghabhail, agus tha mi a' tuigsinn nas fheàrr cuin as còir dhomh bruidhinn agus cuin as còir dhomh èisteachd.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-02a / GAI 0-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Ag èisteachd ri, a' taisbeanadh tuigse agus ag ath-aithris fhacail is abairtean ùra bho chleachdadhe na Gàidhlig ann an uidheachadh làn-bhogaidh tarsainn measgachadh de cho-theacsan. Tha an neach-ionnsachaidh a' fàs misneachail a thaobh cleachdadhe air a' Ghàidhlig ann an uidheachaidhean sòisealta agus gnàth-ghniomhan, leithid amannan ithe.</i> <i>Freagairt cheistean, comhairle agus stiùireadh gu h-iomchaidh, air an toirt seachad ann an Gàidhlig co-cheangailte ri uidheachaidhean eòlach san t-seòmar-cluiche agus san t-seòmar-sgoile. sa chlasrum.</i> <i>Cleachdadhe òrain, dàin, duain agus cluichean-riochd gus sealltann mar a tha iad a' leasachadh cànan ùr.</i> <i>Labhairt mu eòlasan pearsanta a thaobh uidheachaidhean eòlach a' cleachdadhe fhacail is abairtean Gàidhlig ann am measgachadh de cho-theacsachean, a' gabhail a-steach inbhich agus clann eile.</i> <i>Ag èisteachd agus freagairt chàich, a' gabhail a-steach leantainn agus toirt stiùiridhean simplidh.</i> <i>Dèanamh oidhirp air turas mu seach a ghabhail nuair a tha iad ag èisteachd agus a' labhairt ann am measgachadh de cho-theacsachean.</i> <i>Dèanamh oidhirp air cànan bodhaig iomchaidh a chleachdadhe ann an èisteachd ri càch, mar eisimpleir, glacadh sùla.</i> <i>Èisteachd ris a' Ghàidhlig a tha ga modaileadh le inbhich airson mionaideachd agus leasachadh, agus ag ath-aithris na chaidh a ràdh.</i>
<p>Lorg agus cleachdadhe fiosrachaidh – nuair a thathar ag èisteachd ri, a' coimhead agus a' bruidhinn mu theacsachean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho simplidh</p>	<p>Tha mi ag èisteachd no a' coimhead airson fiosrachadh feumail, agus tha mi a' cleachdadhe seo gus taghaidhean a dhèanamh no rudan ùra ionnsachadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-04a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Nochdadhe tuigse do ni a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd, agus a' cleachdadhe an fiosrachaidh seo airson roghainnean a dhèanamh no briathrachas ùr ionnsachadh an taobh a-staigh co-theacsu uidheachadh làn-bhogaidh.</i>

<p>Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh – a' rannsachadh agus/no a' meas theacsaichean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho simplidh, airson diofar adhbharan</p>	<p>Airson mo chuideachadh a' tuigsinn sgeulachdan agus theacsaichean eile, tha mi a' faighneachd cheistean agus a' dèanamh ceangal eadar na tha mi ag ionnsachadh agus nas aithne dhomh mu thràth.</p> <p>LIT 0-07a / LIT 0-16a /GAI 0-17a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Faighneachd agus freagairt diofar sheòrsaichean cheistean gus tuigse do raon de theacsaichean a nochdad, a' cleachdadh Gàidhlig.</i> <i>Dèanamh ro-innsean simplidh mu dheidhinn na h-ath nithean a tha a' dol a thachairt ann an teacsaichean.</i> <i>Labhairt mu eòlasan fhèin co-cheangailte ris an teacsa agus cuideachadh le tuigse.</i>
<p>È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t</p> <p>Cruthachadh theacsaichean - a' cur an gniomh nan eileamaidean a bhios daoine eile a' cleachdadh airson diofar sheòrsaichean theacsaichean goirid agus fada a chruthachadh, anns a bheil beachdan, structaran agus briathrachas nach eil cho simplidh</p>	<p>Ann an suidheachaidhean fior is mac-meanmnach, tha mi a' cur an cèill eòlasan agus faireachdainnean, beachdan agus fiosrachadh gu soilleir.</p> <p>LIT 0-09a</p> <p>'S toigh leam a bhith a' rannsachadh thachartasan is charactaran ann an sgeulachdan is teacsaichean eile agus tha mi a' cleachdadh na dh'ionnsaicheas mi gus mo chuid fhìn a dhèanamh, gan innse le mac-meanmna.</p> <p>LIT 0-09b / LIT 0-31a</p> <p>Nuair a tha mi ag èisteachd is a' gabhail pàirt an còmhchradh, tha mi a' lorg fhacail ùra airson mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn innse.</p> <p>LIT 0-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Roinn eòlasan, faireachdainnean, beachdan agus smuaintean le càch, a' labhairt gu soilleir agus gu tuigseach, a' cleachdadh fhacail, abairtean agus seantansan simplidh.</i> <i>Cleachdadh raon de bhriathrachas is abairtean Gàidhlig ris a bheilear a' cur tro dhiofar cho-theacsan.</i> <i>Ag innleachadh agus a' roinn a sgeulachdan fhèin ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir a' cleachdadh phupaidean mar phàirt de chluich mac-meanmhainneach, a' cleachdadh fhacail is abairtean Gàidhlig.</i> <i>Ag ath-innse sgeulachd ann an òrdugh tuigseach, a' cleachdadh fhacail is abairtean Gàidhlig a thuilleadh air mìm agus cluich-rioichd mar chuideachadh le leasachadh cànan luchd-ionnsachaidh.</i> <i>Ceangal fiosrachaidd agus bheachdan bho theacsa ri eòlasan pearsanta, a' cleachdadh fhacail is abairtean Gàidhlig.</i>

Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd- cleachdaidh air coileanadh ìre
Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainchean rim bheatha	<p>Is toigh leam a bhith a' feuchainn a-mach agus a' cluich le pàtrain fhacail agus fhuaimean ann an cànan agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a</p> <p>'S toigh leam a bhith a' rannsachadh agus a' taghadh sgeulachdan agus theacsainchean eile airson an coimhead, an leughadh no airson èisteachd riutha agus is urrainn dhomh innse do dhaoine eile dè an fheadhainn as toighleam agus an fheadhainn nach toigh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-01b / LIT 0-11b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Ath-ghairm òrain, duain agus dàin mar phàirt de dh'ionnsachadh agus rannsachadh cànan ùr tro làn bhogadh.</i> <i>Taghadh sgeulachd, leabhar no teacsairson a roinn le càch le bhith a' toirt feum às na dealbhan mar stiùireadh lèirsinneach airson tuigsinn dè tha a' tachairt.</i> <i>Taghadh agus deasbad measgachadh de theacsainchean, agus is urrainn nithean as toil agus nach toil a roinn.</i> <i>Èisteachd ri sgeulachdan gan leughadh a-mach, a' cleachdadh dhealbhan agus phàirtean ath-aithriseil den sgeulachd gus cuideachadh leis na tha a' dol a thachairt a dhùileachadh agus ro-innse.</i>
Innealan airson leughadh - airson mo chuideachadh a' cleachdad theacsainchean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas air nach eil mi eòlach no nach eil cho simplidh, an taobh a-staigh	<p>Tha mi a' feuchainn a-mach fhuaimean, litrichean agus fhacail, a' faighinn a-mach mar a tha iad ag obair còmhla, agus is urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo chuideachadh nuair a tha mi a' leughadh agus a' sgriobhadh.</p> <p style="text-align: center;">GAI 0-12a / LIT 0-13a / LIT 0-21a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Tuigsinn gu bheil clò ga leughadh bho chì gu deas agus mullach gu bonn agus aithne air an diofar eadar litir, facial agus beàrn.</i> <i>Cluinntinn agus ag ràdh fhuaimean, litrichean, agus cleachdadh cothlamadh agus pàtrain ann an Gàidhlig airson facail ùra a leughadh agus ag aithneachadh nam facial sin mar phàirt de theacsairson.</i> <i>Ag aithneachadh cuid de fhacail chumanta agus a' leughadh theacsainchean simplidh, a' gabhail a-steach leubaileadh san àrainneachd ionnsachaidh agus taisbeanadh tuigse.</i> <i>Leughadh a-mach theacsainchean eolach ghoirid, mar eisimpleir bileagan agus clàr-bidhe għreimeagan le aire air puingeachadh simplidh.</i> <i>Cleachdadh thuairmsean is dhealbhan co-theacsairson gus taic a chur ri tuigse do fhacail agus do dhiofar theacsainchean.</i>

	agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh		
L e u g h a d h	<p>Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh – nuair a bhithear a' leughadh agus a' cleachdadh theacsaichean ficsean agus neo-fhicsean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh</p>	<p>Tha mi a' cleachdadh shoidhnichean, leabhairchean no theacsaichean eile airson fiosrachadh feumail no inntinneach a lorg agus tha mi a' cleachdadh seo airson planadh, dèanamh roghainnean no airson rudan ùra ionnsachadh.</p> <p style="text-align: right;">LIT 0-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Lorg fiosrachaidh sìmplidh ann an teacsa gus nithean ùra ionnsachadh.</i> <i>Dèanamh roghainnean stèidhichte air na tha air a leughadh no air a choimhead airson nithean ùra ionnsachadh.</i> <i>Ag aithneachadh cuid de fhacail san àrainneachd tro an cumadh no feart.</i> <i>Nochdadh mothachadh do bheagan fheartan ann an teacsaicheadh ficsean agus neo-fhicsein nuair a thathar a' cleachdadh agus a' taghadh theacsaichean airson adhbhar sònraichte.</i>
	<p>Tuigsinn, dèanamh analis agus luachadh – a' rannsachadh agus/no a' tuigsinn theacsaichean ficsean agus neo-fhicsean airson diofar adhbharan, anns a bheil smuaintean, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh</p>	<p>Airson mo chuideachadh gus sgeulachdan agus teacsaicheadh eile a thuigsinn, tha mi a' faighneachd cheistean agus a' dèanamh ceangal eadar na tha mi ag ionnsachadh agus na dh'ionnsaich mi ron a seo.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-07a / LIT 0-16a / GAI 0-17a</p> <p>Is toigh leam a bhith a' rannsachadh thachartasan agus charactaran ann an sgeulachdan agus theacsaicheadh eile, ag innse mo smuaintean ann an ñòighean eadar-dhealaichte.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-19a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Conaltradh le teacsaicheadh air an leughadh dhaibh.</i> <i>Ag ath-innse sgeulachdan eòlach ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir cluich-rioichd, pupaidean agus dealbhan tarraigte.</i> <i>Faighneachd agus freagairt cheistean mu thachartasan agus bheachdan ann an teacsa.</i> <i>Freagairt cheistean gus cuideachadh le ro-innse air an ath nì a tha a' dol a thachairt.</i> <i>Deasbad charactaran agus thachartasan a tha buntainneach don teacsa.</i> <i>Roinn smuaintean agus fhaireachdainnean mu sgeulachdan is theacsaicheadh eile ann an diofar dhòighean.</i> <i>Ceangal fiosrachaidh agus bheachdan bho theacsa ri eòlasan pearsanta.</i>

	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
	Tlachd agus roghainn – an taobh a-staigh àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainaichean rim bheatha	Is toigh leam a bhith a' feuchainn a-mach agus a' cluich le pàtrain agus fuaimean cànan agus is urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum. LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Rannsachadh sgriobhaidh tro raon de cho-theacsan fior agus mac-meanmhainneach, mar eisimpleir tro chluich, liostaichean ceannach, bileagan, soidhnichean.</i> <i>Cleachdadadh raon de bhrosnachaidhean gus beachd-smuaintean a leasachadh airson sgriobhadh, mar eisimpleir còmhradh, òrain, dealbhan, nithean, fèin-eòlasan agus cluich-riochd.</i> <i>Roinn fhaireachdainnean, eòlasan, fiosrachadh, teachdaireachdan no beachd-smuaintean ann an dealbhan agus ann an sgriobhadh.</i>
S g r ì o b h a d h	Innealan airson sgrìobhadh – a' cleachdadadh eòlas air cùisean teicnigeach airson mo sgrìobhadh a chuideachadh a thaobh conaltradh èifeachdach a dhèanamh an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh dem àite ionnsachaidh	<p><i>Tha mi a' feuchainn a-mach fhuaimean, litrichean agus fhacail, a' faighinn a-mach mar a tha iad ag obair còmhla, agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chleachdadadh airson mo chuideachadh le leughadh agus le sgrìobhadh.</i></p> <p>GAI 0-12a / LIT 0-13a / LIT 0-21a</p> <p><i>Mar a bhios mi a' cluich agus ag ionnsachadh, is toigh leam a bhith a' rannsachadh stuthan inntinneach airson sgrìobhadh, agus diofar dhòighean air m' eòlasan, m' fhaireachdainn, mo smuaintean agus m' fiosrachadh a chlàradh.</i></p> <p>LIT 0-21b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cumadh na mòr-chuid de litrichean beaga agus mòra gu ceart agus soleachte.</i> <i>Cleachdadadh peansail le smachd agus misneachd a tha a' sìor fhàs.</i> <i>Ag aithris fuaimean an aibidil ann an òrdugh, ag aithneachadh nan ainmean agus nam fuaimean air litrichean beaga agus cuid de litrichean mòra.</i> <i>Fàgail beàrn eadar facail nuair a thathar a' sgrìobhadh.</i> <i>Tuigsinn gu bheil facail air an sgrìobhadh bho chì gu deas.</i> <i>Cleachdadadh litrichean, fuaimean agus fòineimean gus cuideachadh le facail a litreachadh agus a thogail, le facail chumanta air an litreachadh ceart.</i> <i>Cleachdadadh chlàran-balla, leabhrachaean, faclairean dealbhach no ag iarrайдh cuideachadh air cuideigin le litreachadh agus sgrìobhadh.</i> <i>Ag aithneachadh puingeachadh simplidh leithid puing-stad agus comharran-ceist ann an teacsa.</i> <i>Cleachdadadh litir mhòr agus puing-stad san dòigh cheart.</i>

<p>Cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh – a' beachdachadh air teacsainean airson cuideachadh le cruthachadh theacsainean goirid, agus fada, airson diofar adhbharan</p>	<p>Ann an suidheachaidhean fior no mac-meanmnach, tha mi a' cur an cèill eòlasan is faireachdainn, smuaintean is fiosrachadh ann an dòigh a tha a' sealltainn mo theachdaireachd.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-26</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Labhairt agus feuchainn ri sgriobhadh mu dheidhinn raon de dh'eòlasan is fhaireachdainean a' cleachdadh ro-innleachdan leithid dealbhan òrdughail, litrichean magnaiteach, teicneòlas le cuideachadh gutha agus sgriobhadh.</i>
<p>Cruthachadh theacsainean - beachdachadh air teacsainean gus cuideachadh le teacsainean goirid agus leudaichte a chruthachadh do dhiofar adhbharan</p>	<p>Is toigh leam a bhith a' rannsachadh thachartasan agus charactaran ann an sgeulachdan agus teacsainean eile agus tha mi a' cleachdadh na dh'ionnsaicheas mi airson m' fheadhainn fhìn a dhèanamh suas, gan cur an cèill do dhaoine eile ann an dòighean mac-meanmnach.</p> <p style="text-align: center;">LIT 0-09b / LIT 0-31a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cleachdadh fhacail chumanta Gàidhlig airson seantasan simplidh a chruthachadh.</i> <i>Cruthachadh sgeulachdan agus charactaran fhèin, a' cleachdadh raon de ro-innleachdan lèirsinneach agus labhairteach, mar eisimpleir, teacsainean clò-bhuailte no didseatach.</i>

Slatan-tomhais – Litearrachd agus Gàidhlig Ciad Ìre

Tarsainn na h-ìre, tha luchd-ionnsachaidh a' cleachdadadh Gàidhlig le misneachd agus fileantachd a tha a' sìor fhàs ann an uidheachadh làn-bhogaidh agus bogaidh.

È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
	Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùibhlain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainchean rim bheatha	<p>Bidh mi tric a' taghadh agus ag èisteachd no a' coimhead theacsainchean a tha a' còrdadh riùm agus a tha mi a' meas inntinneach, agus is urrainn dhomh mineachadh carson as fheàrr leam seòrsainchean àraidi.</p> <p>Bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan airson mo theacsainchean fhìn a chruthachadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-01a / LIT 2-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Taghadh agus com-pàirteachadh gu gniomhach ann an òrain, rannan agus sgeulachdan a tha a' cur taic ri ionnsachadh na Gàidhlig ann an raon nas fharsainge de cho-theacsan.</i> <i>Freagairt cheisteán mu mheasgachadh de theacsainchean airson tuigse a thaisbeanadh agus roghainn.</i> <i>Toirt dearbhadh simplidh seachad a thaobh roghainn teacsa, a' gabhail a-steach iadsan a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd.</i>
	Innealan airson èisteachd agus labhairt – airson mo chuideachadh nuair a bhios mi a' dèiligeadh ri daoine eile no a' dèanamh taisbeanadh an taobh a-staigh agus a-muigh dem àite ionnsachaidh	<p>Mar a bhios mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, faodaidh mi facail is abairtean ùra a cleachdadhus mo chuideachadh le conaltradh.</p> <p style="text-align: center;">GAI 1-02a</p> <p>Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, tha fios agam cuin agus ciamar as còir dhomh èisteachd, cuin as còir dhomh bruidhinn, dè na chanas mi, cuin as còir dhomh ceistean fhaighneachd agus mar a fhreagras mi le spèis.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-02a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Gabhail a-steach fhacail is abairtean ùra Gàidhlig do chànan a tha freagarrach don luchd-èisteachd le cruinneas fuaimneachaidh.</i> <i>Roinn smuaintean, bheachdan, fiosrachadh agus eòlasan aig astar iomchaidh le soilleireachd cainnt agus ìre gutha.</i> <i>Gabhail turas mu seach airson labhairt, cur ris aig an àm iomchaidh ann an còmhradh ri càch agus sior mhothachail do na diofar dhreuchdan taobh a-staigh buidhinn agus deònach na diofar dhreuchdan sin a ghabhail os làimh.</i> <i>Ag èisteachd ri agus a' freagairt bheachdan chàich gu h-iomchaidh, mar eisimpleir le bhith gnogadh cinn no ag aontachadh, faighneachd agus freagairt cheisteán ann an dòigh le spèis.</i> <i>Cur an sàs beagan altan-obrach (labhairteach agus neo-labhairteach) ann an còmhradh ri càch, mar eisimpleir, briathrachas, glacadh sùla, fiamhan aodainn agus / no modhan bodhaige.</i>

È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r	<p>Tha mi a' rannsachadh mar a tha luaths cainnte, gluasadan bodhaig, dòigh-labhairt, cuideam agus taghadh fhacail gan cleachdad airson a bhith a' dèiligeadh ri daoine eile, agus 's urrainn dhomh na tha mi ag ionnsachadh a chur gu feum.</p> <p style="text-align: center;">GAI 1-03a</p>	
Lorg agus cleachdad fiosrachaidh – nuair a thathar ag èisteachd ri, a' coimhead agus a' bruidhinn mu theacsaichean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho simplidh	<p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, is urrainn dhomh adhbhar agus priomh fhacail is bheachdan an teacsa aithneachadh agus bruidhinn air, agus am fiosrachadh seo a chleachdad airson adhbhar sònraichte.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-04a</p> <p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd/coimhead, tha mi ag ionnsachadh notaichean a sgrìobhadh fo chinn, an cleachdad airson na tha mi ag èisteachd no a' coimhead a thugt, agus teacsaichean ùra a chruthachadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-05a</p> <p>'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh agus facail a chleachdad a bhios inntinneach is feumail do dhaoine eile.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Comharrachadh agus deasbad an adhbhair airson teacsaichean, a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd.</i> <i>Faighneachd agus freagairt raon de cheistean gus tuigse do theacsa fiosrachadh.</i> <i>Comharrachadh agus deasbad nam priomh bheachdan ann an teacsa labhairte agus a' cleachdad an fiosrachaidh a chaidh a thional airson adhbhar sònraichte leithid ath-innse air eòlas no ath-ghairm air tachartas.</i> <i>Dèanamh notaichean goirid fo chinn theacsaichean a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd, a' taisbeanadh tuigse agus comasach air iad sin a chleachdad airson diofar adhbharan.</i> <i>Cleachdadh notaichean fhèin ann an òrdugh tuigseach airson teacsaichean ùra a chruthachadh.</i>
Tuigsinn, dèanamh analis agus luachadh – a' rannsachadh	<p>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt no a' faighneachd diofar</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Faighneachd agus freagairt diofar sheòrsaichean cheistean a tha a' taisbeanadh tuigse do na priomh bheachdan sna teacsaichean a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd.</i>

È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t	<p>agus/no a' meas theacsaichean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh, airson diofar adhbharan</p>	<p>sheòrsaichean cheistean.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">LIT 1-07a</p> <p>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, tha mi ag ionnsachadh mar a dh'aithnicheas mi an diofar eadar firinn agus beachd.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">LIT 1-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Aithneachadh diofaran simplidh eadar firinn agus beachd ann an teacsaichean labhairte.</i>
Cruthachadh theacsaichean - a' cur an gniomh nan eileamaidean a bhios daoine eile a' cleachdadh airson diofar sheòrsaichean theacsaichean goirid agus fada a chruthachadh, anns a bheil beachdan, structaran agus briathrachas nach eil cho sìmplidh	<p>Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh fiosrachadh, eòlasan, mìneachadh, bun-bheachdan is beachdan a chur an cèill, agus puingean a shioilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">LIT 1-09a</p> <p>'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill gu soilleir ri daoine eile, nam àite ionnsachaidh is a-muigh, a' cleachdadh goireasan² air an taghadh mar tha feum.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">LIT 1-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Còmhradh ri càch airson raon de dh'adhbharan, a' conaltradh gu soilleir agus so-chlaistinneach.</i> • <i>Cur ri deasbad buidhne / clas ann an dòigh bhrìoghmhor, a' faighneachd agus a' freagairt cheistean.</i> • <i>Cruthachadh theacsaichean labhairte, fighe a-steach briathrachas agus abairtean ùra gu h-iomchaidh mu chuspairean co-cheangailte ri diofar raointeán den churraicealam.</i> • <i>Taghadh agus roinn bheachdan / fiosrachaidh a' cleachdadh briathrachais iomchaidh ann an òrdugh tuigseach agus mothachail don luchd-èisteachd.</i> 	

² Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach iomhaighean, nithean agus goireasan claisneachd, lèirsinneach no didseatach.

Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùibhlain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsaichean rim bheatha	Bidh mi gu tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh agus is urrainn dhomh innse carson as fheàrr leam teacsaichean agus ùghdaran àraidi.	<ul style="list-style-type: none"> <i>Taghadh leabhraichean agus theacsaichean eile, a' cleachdad mar eisimpleir còmhdach, tiotal, ùghdar, dealbhaiche agus / no an geàrr-chunntas.</i> <i>Taghadh theacsaichean, gu cunbalach airson diofar adhbharan, nam measg airson tlachd agus gus taic a chur ri leasachadh cànan.</i> <i>Mineachadh roghainnean airson teacsaichean agus ùghdaran àraidi.</i>
Innealan airson leughadh - airson mo chuideachadh a' cleachdad theacsaichean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas air nach eil mi eòlach no nach eil cho simplidh, an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh	'S urrainn dhomh m' eòlas air facailsùla, fonaigs, taic co-theacs, puingeachadh agus gràmar a chleachdad airson leughadh le tuigse agus faireachdann. Tha mi ag ionnsachadh a bhith a' taghadh agus a' cleachdad ro-innleachdan agus ghoireasan mus leugh mi agus fhad 's a tha mi a' leughadh, airson cuideachadh gus brìgh theacsaichean a dhèanamh soilleir.	<p>GAI 1-12a</p> <p>LIT 1-13a</p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Leughadh a-mach pios teacsa aithnichte, a' cur faireachdann iomchaidh ris agus taisbeanadh tuigse.</i> <i>Leughadh le fileantachd mheudaichte àireamh a tha a' sior fhàs de fhacail chumanta / àrd-bhitheanta, priomh fhacail leughaidh, priomh fhacail chuspaireil, facail gan ionnsachadh tro bhogadh càin agus facail de chudromachd phearsanta.</i> <i>Gu neo-eisimeileach a' cleachdad raon de ro-innleachdan aithneachaidh air facail airson leughadh agus leasachadh air fileantachd.</i> <i>Measgachadh fhacail nach eil aithnichte le bhith lorg pàtrain fhacail agus coimeasgaidhean.</i> <i>Cleachdadh thuirmsean co-theacsail airson teacsaichean a leughadh agus a thuigsinn.</i> <i>Cleachdadh puingeachadh agus gràmar airson cuideachadh le leughadh le tuigse agus faireachdann.</i> <i>Cleachdadh stòrasan leithid beag-fhaclairean a tha freagarrach don aois, liostaichean fhacail, facclair agus co-fhaclair mar thaic do theacsaichean a thuigsinn.</i>

L e u g h a d h	<p>Lorg agus cleachdadhbh fiosrachaidh</p> <p>– nuair a bhithear a' leughadh agus a' cleachdadhbh theacsainchean ficsein agus neo-fhicsein sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh</p>	<p>A' cleachdadhbh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh agus a chleachdadhbh airson adhbhar sònraichte.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-14a</p> <p>Tha mi ag ionnsachadh notaichean a sgriobhadh fo chinn a chaidh a thoirt dhomh agus an cleachdadhbh gus fiosrachadh a thuigsinn, smuaintean agus ceistean a rannsachadh agus teacsainchean ùra a chruthachadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-15a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Comharrachadh nam priomh fheartan ann an leabhraichean ficsein agus neo-fhicsein.</i> <i>Lorg priomh fiosrachadh bho theacsainchean ficsein is neo-fhicsein a' cleachdadhbh duilleag susbaint, clàr-innse, cinn, fo-chinn agus diagraman airson fiosrachadh a lorg.</i> <i>Dèanamh notaichean gus tuigse a thaisbeanadh, fo chin àraigdh, airson diofar adhbharan.</i>
	<p>Tuigsinn, dèanamh analis agus luachadh</p> <p>– a' rannsachadh agus/no a' tuigsinn theacsainchean ficsein agus neo-fhicsein airson diofar adhbharan, anns a bheil smuaintean, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh</p>	<p>Airson sealltainn na tha mi a' tuigsinn ann an diofar roinnean ionnsachaidh, 's urrainn dhomh adhbhar agus priomh smuaintean teacsa aithneachadh agus beachd a thoirt orra.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-16a</p> <p>Airson mo thugse a shealltainn, is urrainn dhomh dèligeadh ri diofar sheòrsaichean cheistean agus obair dlùth-leughaidh eile, agus tha mi ag ionnsachadh na ceistean agam fhìn a chur ri chèile.</p> <p style="text-align: center;">GAI 1-17a</p> <p>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, 's urrainn dhomh firinn agus beachd aithneachadh o chèile.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-18a</p> <p>'S urrainn dhomh mo bheachdan mu</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Comharrachadh agus comasach air na priomh bheachdan ann am measgachadh de theacsainchean a dheasbad.</i> <i>Toirt seachad bheachdan freagarrach air adhbhar an teacsa.</i> <i>Freagairt cheistean litireil, co-dhùnaidheil agus luachaiddh mu dheidhinn teacsainchean.</i> <i>Faighneachd cheistean gus cuideachadh le ciall a dhèanamh de theacsia.</i> <i>Comharrachadh nam priomh fheartan ann an teacsainchean ficsein agus neo-fhicsein.</i> <i>Aithneachadh an diofar eadar firinn agus beachd.</i> <i>Tabhann fèin-bheachdan mu thaobhan de charactar, cleachdadhbh an sgriobhadair air cànan, structar agus/no suidheachadh.</i> <i>Tabhann fèin-bheachdan mu theachdaireachd agus mu thèama an sgriobhadair agus nuair a tha e iomchaidh, ga cheangal ri eòlasan pearsanta.</i>

structar, caractaran agus/no
suidheachadh innse, teachdaireachd
an sgriobhaiche aithneachadh agus
ceangal a dhèanamh eadar sin agus
m' eòlasan fhìn, agus 's urrainn
dhomh beachd a thoirt air cho math 's
a tha an taghadh fhacail agus feartan
eile an teacsa.

GAI 1-19a

	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
S g r ì o b h a d h	<p>Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainchean rim bheatha</p>	<p>Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsainchean fhìn agus bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a fhreagras air feuman mo luchd-amais.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-20a / LIT 2-20a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cruthachadh theacsainchean airson raon de dh'adhbharan agus luchd-èisteachd.</i> <i>Dèanamh roghainnean mu structaran fhacail agus càin, cruth agus stòrasan.</i>
	<p>Innealan airson sgrìobhadh – a' cleachdadh eòlas air cùisean teicnigeach airson mo sgrìobhadh a chuideachadh a thaobh conaltradh èifeachdach a dhèanamh an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh dem àite ionnsachaidh</p>	<p>'S urrainn dhomh na facail as cumanta a litreachadh, a' cleachdadh m' eòlas air pátrian litrichean agus riaghailtean litreachaidh, agus goireasan a chur gu feum airson faclan doirbh no nach aithne dhomh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-21a</p> <p>'S urrainn dhomh sgrìobhadh gu neo-eisimeileach, puingeachadh iomchaidh a chleachdadh agus na seantasan agam a cheangal is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' dèanamh ciall.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-22a</p> <p>Tron phròiseas sgrìobhaidh gu lèir, 's urrainn dhomh dèanamh cinnteach gu bheil mo sgrìobhadh a' dèanamh ciall.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-23a</p> <p>'S urrainn dhomh mo sgrìobhadh a thaisbeanadh ann an dòigh a nì e furasta a leughadh agus tarraigheach don leughadair, a' cur fhacail, iomhaighean agus fheartan eile an lùib a chèile.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-24a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Comasach air na facail as cumanta a thathar a' cleachdadh a litreachadh gu ceart.</i> <i>Litreachadh briathrachas a thathar a' cleachdadh tarsainn a' churraicealaim le mionaideachd, mar eisimpleir, obair chuspireil, leabhar leughaidh.</i> <i>Cleachdadh eòlas air fonaigs agus ro-innleachdan litreachaidh ann an litreachadh fhacail aithnichte agus neo-aithnichte.</i> <i>Cleachdadh eòlas air an aibidil airson facail a lorg ann am facair no ann an stòran iomraidh eile, gus cuideachadh le facail a tha duilich no neo-aithnichte a litreachadh.</i> <i>Sgrìobhadh gu neo-eisimeileach, a' puingeachadh na mòr-chuid de sheantasan le cruinneas, a' cleachdadh litir mhòr, puing-stad, cromagan agus / no clisg-phuingean, mar a bhios iomchaidh.</i> <i>Ceangal sheantasan a' cleachdadh naisgearan cumanta, mar eisimpleir agus, oir, nuair.</i> <i>Tòiseachadh sheantasan ann am measgachadh de dhòighean, airson conaltradh leis an leughadair, a' toirt feum iomchaidh à cleachdadh air tràthan.</i> <i>Cleachdadh bhuadhairean, facail àrd-amasach, fad diofraichte agus iomchaidh air seantasan.</i> <i>Taisbeanadh sgrìobhadh ann an dòigh shoilleir agus so-leughte, a' cleachdadh sgrìobhadh ceangailte, iomhaighean, teicneòlas didseatach agus feartan eile mar a bhios iomchaidh.</i> <i>Dearbh-leughadh obair, ag aithneachadh mhearrachdan litreachaidh agus a' cur an gniomh ro-innleachdan gus a dhèanamh cinnteach gu bheil an sgrìobhadh a' dèanamh ciall.</i>

S g r ì o b h a d h	<p>Cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh – a' beachdachadh air teacsainean airson cuideachadh le cruthachadh theacsainean goirid, agus fada, airson diofar adhbharan</p>	<p>Tha mi ag ionnsachadh mar a chleachdas mi mo notaichean agus seòrsaichean sgriobhaidh eile airson mo chuideachadh a' tuigsinn fiosrachaidh agus smuaintean, a' rannsachadh cheistean, a' cur ri chèile agus a' toirt air adhart smuaintean no a' cruthachadh teacsa ùr.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-25a</p> <p>Le beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh,³ 's urrainn dhomh fiosrachadh is smuaintean iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh agus facail a chleachdadh a bhios inntinneach agus/no feumail do dhaoine.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-26a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Planadh agus eagrachadh bheachdan is fiosrachaidh a' cleachdadh cruth iomchaidh.</i> <i>Dèanamh notaichean airson cuideachadh le sgriobhadh a phlanadh agus gan cleachdadh gus teacsa ùr a chruthachadh.</i> <i>Gabhail a-steach fiosrachaidh buntainneach ann an sgriobhadh gus a' bhrigh a dhèanamh soilleir.</i> <i>Eagrachadh sgriobhaidh a tha iomchaidh do luchd-èisteachd agus ann an òrdugh tuigseach, a' cleachdadh briathrachais Gàidhlig inntinneach agus / no buntainneach.</i>
Cruthachadh theacsainean - beachdachadh air teacsainean gus cuideachadh le teacsainean goirid agus leudaichte a chruthachadh do dhiofar adhbharan	<p>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan no pròiseasan, mo bheachdan a thoirt seachad no ìmpidh a chur air an leughadair ann an diofar dhòighean.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-28a / LIT 1-29a</p> <p>'S urrainn dhomh cunntas a thoirt do dhaoine eile air rudan a thachair dhomh agus mar a thug iad orm faireachdainn.</p> <p style="text-align: center;">GAI 1-30a</p> <p>An dèidh nan eileamaidean a bhios sgriobhaichead an cleachdadh ann an diofar ghnèithean a rannsachadh, 's urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo sgeulachdan, dàin is deilbh-chluich fhìn a chruthachadh, le structaran, caractaran agus/no suidheachaidhean inntinneach.</p> <p style="text-align: center;">GAI 1-31a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cruthachadh measgachadh de theacsainean airson diofar adhbharan.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh airson fiosrachadh iomchair, iomradh a thoirt air tachartasan no pròiseasan, beachdan a roinn, no ìmpidh a chur air leughadair ann an diofar dhòighean:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Taghadh, eagrachadh agus libhrigeadh fiosrachaidh ann an diofar dhòighean.</i> <i>Cleachdadh briathrachais air ionnsachadh bho raon de chotheacsan agus teacsainean tarsainn a' churraicealaim agus gu h-iomchaidh ann an sgriobhadh.</i> <i>Roinn a bheachd fhèin agus a' dèanamh feum de bhriathrachas agus cànan, gus feuchainn ri ìmpidh a chur air an leughadair, mar a bhios iomchaidh don adhbhar.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh gus iomradh a thoirt no eòlasan a roinn:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Sgriobhadh mu eòlasan pearsanta ann an òrdugh ceart, a' cleachdadh briathrachais iomchaidh Gàidhlig airson iomradh a thoirt air faireachdainean, smuaintean agus tachartasan.</i> <i>Writes about personal experiences in a correct sequence, using.</i> <p>Ann an sgriobhadh gu mac-meanmhainneach no</p>	

³ Bidh seo a' gabhail a-steach na diofar theacsainean agus mheadhanan a tha air am mìneachadh anns a' phàipear phrionnsapalan agus cleachdaidh.

		gu cruthachail:
		<ul style="list-style-type: none"> • Cruthachadh a theacsachean fhèin, mar eisimpleir, sgeulachdan simplidh, dàin agus dealbhan-cluiche le feartan gnèithe airnichte. • Cruthachadh theacsachean le fianais air structar. • Cruthachadh charactaran intinnneach tro am faireachdainnean agus gnòmhan agus iomradh fiosaigeach.

Slatan-tomhais – Litearrachd agus Gàidhlig Dàrna Ìre

Tarsainn na h-ìre, tha luchd-ionnsachaidh a' cleachdad na Gàidhlig le misneachd, soilleireachd, fileantachd agus cruinneas a tha a' sìor fhàs a thaobh gràmar ann an sudheachadh làn-bhogaidh agus bogaidh.

È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagast agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
	Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùibhlain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsachean rim bheatha	<p>Bidh mi tric a' taghadh agus ag èisteachd no a' coimhead theacsachean a tha a' còrdadh rium agus a tha mi a' meas intinnneach, agus is urrainn dhomh mìneachadh carson as fheàrr leam seòrsachean àraidh.</p> <p>Bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan airson mo theacsachean fhìn a chruthachadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-01a / LIT 2-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> ▪ <i>Taghadh theacsachean labhairte gu cunbalach airson tlachd no fiosrachadh a lorg airson adhbhar sònraichte.</i> ▪ <i>Mineachadh roghainnean airson teacsachean no stòran sònraichte.</i>
	Innealan airson èisteachd agus labhairt – airson mo chuideachadh nuair a bhios mi a' dèiligeadh ri	Mar a bhios mi ag èisteachd agus a' com-pàirteachadh ann an còmhraidean, faodaidh mi facail is abairtean ùra agus gnàthas-cainnt Gàidhlig a chleachdad, gus mo chuideachadh a' conaltradh ann an dòigh phongail a' cleachdad	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Cur a-steach àireamh de smuaintean buntainneach, fiosrachadh agus beachdan ann an conaltradh le càch.</i> • <i>Nochdad spèis do bheachdan chàich agus a' tabhach a shealladh fhèin.</i> • <i>Togail air tabhartasan chàich, mar eisimpleir le bhith a' faighneachd no a' freagairt cheistean, a' soilleireachadh</i>

È i s t e a c h d a g u s	<p>daoine eile no a' dèanamh taisbeanadh an taobh a-staigh agus a-muigh dem àite ionnsachaidh</p>	<p>briathrachais leudaichte agus structaran cànan nas ioma-fhillte.</p> <p style="text-align: right;">GAI 2-02a</p> <p>Nuir a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dùighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltann gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoineachadh.</p> <p style="text-align: right;">LIT 2-02a</p> <p>'S urrainn dhomh aithneachadh mar is urrainn feartan cànan labhairt cuideachadh le conaltradh, agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum. 'S urrainn dhomh diofar fheartan aithneachadh anns a' cànan labhairt agam fhìn agus aig daoine eile.</p> <p style="text-align: right;">GAI 2-03a</p>	<p><i>phuingean no a' cur taic ri beachdan no smaintean chàich.</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Cleachdadh fheartan den Ghàidhlig gu ceart agus le mionaideachd a tha a' sior fhàs, mar eisimpleir structaran gràmair agus gniomhairean neo-riaghailteach.</i> • <i>Gabhair a-steach raon de bhriathrachas, abairtean agus gnàths-cainnt don chànan a tha iomchaidh don luchd-èisteachd tarsainn raointeann den churraicealam.</i> • <i>Cur an sàs feartan den chànan labhairte gu soilleir na thaisbeanaidhean labhairteach agus eadar-obrachaidhean fhèin, mar eisimpleir glacadh sùla, modhan bodhaig, astar agus/no guth.</i> • Aithneachadh agus cleachdadh cuid de dhòighean gus conaltradh le no buaidh a thoirt air an leughadair, mar eisimpleir, taghadh fhacail, cuideam, guth agus/no ceistean deas-chainnteach.
	<p>Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh – nuair a thathar ag èisteachd ri, a' coimhead agus a' bruidhinn mu theacsainean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh</p>	<p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh adhbhar an teacsa, na priomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a cleachdadh airson diofar adhbharan.</p> <p style="text-align: right;">LIT 2-04a</p> <p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn iomchaidh is an cleachdadh gus smaintean is fiosrachadh a thuigsinn is teacsainean ùra a chruthachadh, le m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Comharrachadh an adhbhair airson teacsainean labhairte le mineachadh simplidh.</i> • <i>Comharrachadh agus taisbeanadh tuigse do na priomh bheachdan ann am measgachadh de theacsainean labhairte, le taic mion-fiosrachaidh, agus a' cleachdadh an fiosrachaidh a chaidh a thional airson adhbhar sònraighe.</i> • <i>Gabhair nòtaichean buntainneach a' cleachdadh raon fharsaing de bhriathrachas Gàidhlig agus cruthan taghte, agus a' cleachdadadh iad sin gus teacsainean ùra labhairte a chruthachadh airson raon de dh'adhbharan.</i>

		LIT 2-05a <p>'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha freagairt air m' adhbhar agus facail a chleachdadh a fhreagras air mo luchd-amais.</p>	
	<p>Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh – a' rannsachadh agus/no a' meas theacsaichean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho simplidh, airson diofar adhbharan</p>	<p>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus le bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn.</p>	<p style="text-align: center;">LIT 2-06a</p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Comharrachadh agus deasbad air priomh fheartan theacsaichean, a' cleachdadh cànan teicnigeach gus tuigse do raon de theacsaichean a thaisbeanadh.</i> • <i>Faighneachd agus freagairt cheistean litireil, ceistean co-dhùnaidh agus luachaидh gus an tuigse fhiosrachadh.</i> • <i>Ag aithneachadh nan diofaran eadar firinn is beachd, a' toirt seachad mineachadh iomchaidh.</i> <p>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, is urrainn dhomh firinn aithneachadh o bheachd, agus tha mi ag ionnsachadh a bhith ag aithneachadh nuair a tha na goireasan agam a' feuchainn ri buaidh a thoirt orm, agus dè cho feumail 's a tha iad.</p>

LIT 2-07a

LIT 2-08a

<p>Cruthachadh theacsainchean</p> <p>- a' cur an gniomh nan eileamaidean a bhios daoine eile a' cleachdadh airson diofar sheòrsaichean theacsainchean goirid agus fada a chruthachadh, anns a bheil beachdan, structaran agus briathrachas nach eil cho sìmplidh</p>	<p>Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • fiosrachadh, eòlasan is beachdan innse • pròiseasan agus beachdan a mhìneachadh • na cùisean a thèid a thogail aithneachadh agus geàrr-chunntas a dhèanamh air na priomh phuingean agus cho-dhùnaidhean • puingean a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh. <p style="color: red; font-weight: bold;">LIT 2-09a</p> <p>Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">LIT 2-10a / LIT 3-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Conaltradh le misneachd agus fileantachd le beagan faireachdainn ann an diofar cho-theacsan.</i> • <i>Planadh agus libhrigeadh thaisbeanaidhean / òraidean egraichte air cuspairean co-cheangailte riuthasan a thathar a' sgrùdadh mar phàirt den churraicealam, le susbaint iomchaidh agus òrdugh is structar tuigseach.</i> • <i>Cleachdadh raon iomchaidh de bhriathrachas airson adhbhar agus luchd-èisteachd.</i> • <i>Cur an sàs sgilean briathrail agus neo-briathrail airson conaltradh gu soilleir, mar eisimpleir glacadh sùla, modhan bodhaige, astar agus guth.</i> • <i>Taghadh agus cleachdadh stòrasan mar a bhios iomchaidh gus taic a chur ri conaltradh, a' gabhail a-steach teicneòlas didseatach.</i>
---	---	--

Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsaichean rim bheatha	Bidh mi gu tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh agus is urrainn dhomh innse carson as fheàrr leam teacsaichean agus ùghdaran àraidh. LIT 1-11a / LIT 2-11a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Taghadh theacsaichean gu cunbalach airson raon de dh'adhbharan a' gabhail a-steach airson tlachd no gus fiosrachadh a lorg airson adhbhar sònraichte.</i> <i>Mineachadh roghainnean theacsaichean, ùghdaran no stòran àraidh, le taic mion-fhiosrachaidh a tha a' tabhann freagairt phearsanta.</i>
Innealan airson leughadh - airson mo chuideachadh a' cleachdadh theacsaichean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas air nach eil mi eòlach no nach eil cho simplidh, an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh	Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleige, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas siùbhlaiche agus le tuigse is faireachdainn a tha a' sior fhàs. GAI 2-12a / GAI 3-12a / GAI 4-12a 'S urrainn dhomh diofar ro-innleachdan agus ghoireasan a thaghadh agus a chleachdadh mus leugh mi agus fhad 's a tha mi a' leughadh, airson brìgh theacsaichean a dhèanamh soilleir agus is urrainn dhomh adhbharan a thoirt seachad airson an taghaidh a rinn mi. LIT 2-13a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Leughadh gu fileanta le faireachdainn a' cleachdadh astar agus guth iomchaidh, taisbeanadh tuigse don teacsa.</i> <i>Cleachdadh eòlais air tuairmsean susbaint, gràmair, puingeachadh agus dealbh-chruth còmhla ri ro-innleachdan leughaidh, gus teacsaichean neo-aithnichte a leughadh le tuigse.</i> <i>Cur an gniomh raon de sgilean agus ro-innleachdan leughaidh airson teacsaichean a leughadh agus a thuigsinn, mar eisimpleir grad-leughadh, sganadh, ro-innse, soilleireachadh agus/no geàrriomradh.</i> <i>Dèanamh ro-innsean iomchaidh mu theacsaichean le fianais thaiceil.</i> <i>Cleachdadh ro-innleachdan agus stòrasan airson briathrachas ain-eòlach a leughadh 's a thuigsinn agus a shoilleireachadh, mar eisimpleir cleachdadh air faclair.</i>
Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh – nuair a bhithear a' leughadh agus a' cleachdadh theacsaichean ficsean agus neo-fhicsean sa bheil	A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh a lorg, a thaghadh agus a chur an òrdugh bho mheasgachadh de ghoireasan agus seo a cleachdadh airson diofar adhbharan. LIT 2-14a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Grad-leughadh theacsaichean gus adhbhar agus priomh bheachdan a chomharrachadh.</i> <i>Sganadh theacsaichean airson priomh fiosrachadh a lorg.</i> <i>Lorg, eagrachadh agus taghadh fiosrachadh buntainneach bho raon de stòran, a' gabhail a-steach teacsaichean didseatach.</i> <i>Dèanamh agus eagrachadh nòtaichean a' cleachdadh fhacail fhèin anns a' mhòr-chuid dheth.</i> <i>Cleachdadh nòtaichean airson teacsaichean ùra a chruthachadh a tha a' taisbeanadh tuigse don chuspair no don chùis.</i>

	<p>beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach</p> <p>'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdadhbh airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoineachadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh agus teacsainchean ùra a chruthachadh, a' cleachdadhbh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-15a</p>	
L e u g h a d h	<p>Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh – a' rannsachadh agus/no a' tuigsinn theacsainchean ficsean agus neo-fhicsean airson diofar adhbharan, anns a bheil smuaintean, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho simplidh</p> <p>Airson sealltainn na tha mi a' tuigsinn ann an diofar roinnean ionnsachaidh, 's urrainn dhomh adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa aithneachadh, beachdachadh orra agus am fiosrachadh mionaideach a tha a' cur taic riutha a chur gu feum.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-16a</p> <p>Airson mo thugse a shealltainn, is urrainn dhomh dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrigh aithris agus ceistean measaidh agus ri obair dlùth-leughaidh eile, agus 's urrainn dhomh mo cheistean fhìn a chruthachadh.</p> <p style="text-align: center;">GAI 2-17a</p> <p>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, 's urrainn dhomh firinn agus beachd aithneachadh o chèile agus an diofar eatarra a mhìneachadh, agus is urrainn dhomh aithneachadh nuair a tha ìmpidh ga chur orm agus measadh dè cho feumail is earbsach 's a tha na goireasan agam.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-18a</p> <p>'S urrainn dhomh:</p>	<ul style="list-style-type: none"> Comharrachadh adhbhar theacsainchean le mineachadh iomchaidh. Comharrachadh nam prìomh bheachdan ann an teacsa le mion-fiosrachadh iomchaidh. Toirt seachad bheachdan buntainneach mu fheartan simplidh càin, mar eisimpleir taghadh fhacail, structar seantans agus puingeachadh. Freagairt gu h-iomchaidh do cheistean litireil, co-dhùnaidh agus luachaidh gus tuigse do theacsainchean a thaisbeanadh. Cruthachadh diofar sheòrsainchean cheistean gus tuigse do theacsainchean a thaisbeanadh. Dèanamh dealachadh eadar firinn agus beachd le mineachadh freagarrach. Ag aithneachadh altan-obrach a thathar a' cleachdadhbh gus buaidh a thoirt air an leughadair, mar eisimpleir taghadh fhacail, cànan faireachdaineil, ceistean deas-chainnteach agus ath-aithris. Ag aithneachadh agus comasach air na stòran as fheumaile / as mionaidiche a mhìneachadh. Toirt seachad bheachdan buntainneach, gus tuigse do dhòighean-obrach a nochdadhbh, mar eisimpleir, cleachdadhbh càin, cuspair, stoidhle, structar, obair charactaran agus / no suidheachadh, dèanamh ro-innsean le fianais thaiceil bhon teacsa. Ceangal cuspair an sgrìobhadair ri eòlasan fhèin agus / no chàich.

- bruidhinn air structar, caractaran agus/no suidheachadh
- tuigsinn dè cho freagarrach 's a tha cuspair an sgrìobhaiche agus mar a tha seo a' buntainn rim eòlasan fhìn agus eòlasan dhaoine eile
- bruidhinn air stoidhle an sgrìobhaiche agus feartan eile a' buntainn ri gnè.

GAI 2-19a

Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
<p>Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsaichean rim bheatha</p>	<p>Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsaichean fhìn agus bidh mi gu tric a' taghadh cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a fhreagras air feuman mo luchd-amais.</p> <p style="text-align: center;">LIT 1-20a / LIT 2-20a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Sgriobhadh gu cunbalach do raon de dh'adhbharan agus luchd-èisteachd, a' taghadh gnè, cruth, structar agus stoidhle fhreagarrach.</i>
<p>Innealan airson sgriobhadh – a' cleachdad eòlas air cùisean teicnigeach airson mo sgriobhadh a chuideachadh a thaobh conaltradh èifeachdach a dhèanamh an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh dem àite ionnsachaidh</p>	<p>'S urrainn dhomh a' chuid mhòr de na facail a dh'fheumas mi a litreachadh, a' cleachdad riaghailtean litreachaidh, briathrachas speisearla, dòighean air fèin-cheartachadh agus raon de ghoireasan.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-21a</p> <p>Ann an teacsaichean goirid agus fada, is urrainn dhomh puingeachadh freagarrach a chleachdad, structaran eadar-dhealaichte a chur air seantansan agus m' obair a roinn ann am paragrafan ann an dòigh a tha a' dèanamh ciall don leughadair.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-22a</p> <p>Tron phròiseas sgriobhaidh gu lèir, 's urrainn dhomh dèanamh cinnteach gu bheil mo sgriobhadh a' dèanamh ciall agus gu bheil e freagarrach airson an adhbhair aige.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-23a</p> <p>Tha mi a' smaoineachadh air a'</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cur an sàs eòlas air pàtranan litreachaidh, riaghailtean agus ro-innleachdan gus a' mhòr-chuid de fhacail a litreachadh gu ceart.</i> <i>Cleachdad stòrasan, a' gabhail a-steach fhaclarean agus teicneòlas didseatach, mar thaic do litreachadh.</i> <i>Cleachdad raon de phuingeachadh, mar eisimpleir litrichean mòra, puingean-stad, cromagan, cromagan turrach (comharran cainnte), clisg-phuingean, comharran ceiste agus asgairean. Tha puingeachadh ceart sa mhòr-chuid.</i> <i>Sgriobhadh na mòr-chuid de sheantansan ann an dòigh cheart a thaobh gràmair, mar eisimpleir a' coimeasgadh ainmeanan gniomharach le riochdairean fa leth ann an seantans.</i> <i>Cleachdad sheantansan de dhiofar fhaid agus sheòrsaichean, agus a' diofarachadh toiseach sheantansan.</i> <i>Ceangal sheantansan a' cleachdad raon de naisgearan.</i> <i>Cleachdad pharagrafan le misneachd gus ceangal a dhèanamh eadar smuaintean is beachdan fa leth.</i> <i>Sgriobhadh ann an dòigh fhileanta agus so-leughte.</i> <i>Ath-sgrùudadh agus ceartachadh sgriobhaidh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil e a' dèanamh ciall, gu bheil e ceart gu teicnigeach, a' gabhail a-steach cleachdad sràcan, agus freagarrach don adhbhar.</i> <i>Dèanamh thaghaidhean iomchaidh a thaobh dealbh-chruth agus taisbeanadh, a' gabhail a-steach teacsaichean didseatach, mar eisimpleir cinn, puingean peileir, clò, grafaigs agus fo-thiotalan.</i>

		<p>bhuaidh a bhios aig cruth agus coltas an teacsa agus 's urrainn dhomh stoidhlichean litreach, grafaigs agus feartan eile a chur an lùib a chèile airson an sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach dom leughadair.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-24a</p>	
S g r ì o b h a d h	<p>Cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh – a' beachdachadh air teacsaichean airson cuideachadh le cruthachadh theacsaichean goirid, agus fada, airson diofar adhbharan</p>	<p>'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, bunn-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh.</p> <p>Tha mi mothachail gum feum mi na goireasan san d' fhuair mi am fiosrachadh agam ainmeachadh agus 's urrainn dhomh seo a dhèanamh gu h-iomchaidh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-25a</p> <p>Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais.</p> <p style="text-align: center;">LIT 2-26a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Cleachdadh nòtaichean agus measgachadh de theacsaichean tar-sainn a' churraicealaim gus smaoineachadh a leasachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh.</i> • <i>Taghadh bheachd-smuaintean agus fiosrachadh buntainneach.</i> • <i>Toirt aithne do stòran ann an dòigh iomchaidh, a' dèanamh soilleir cò às a thàinig am fiosrachadh.</i> • <i>Eagrachadh fiosrachaидh ann an dòigh tuigseach.</i> <i>Cleachdadh briathrachais iomchaidh, a' gabhail a-steach briathrachas a tha sònraichte don chuspair, a threagras adhbhar agus luchd-eisteachd.</i>

<p>Cruthachadh theacsainean - beachdachadh air teacsainean gus cuideachadh le teacsainean goirid agus leudaichte a chruthachadh do dhiofar adhbharan</p>	<p>Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam.</p> <p style="text-align: right;">GAI 2-27a</p> <p>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.</p> <p style="text-align: right;">LIT 2-28a</p> <p>'S urrainn dhomh ìmpidh a chur, argamaid a dhèanamh, cùisean a rannsachadh no beachd a chur an cèill, a' cur taic riutha le fiosrachadh mionaideach agus/no eisimpleirean.</p> <p style="text-align: right;">LIT 2-29a</p> <p>Nuar a tha mi a' sgriobhadh airson diofar adhbharan agus leughadairean, 's urrainn dhomh cunntas a thoirt do dhaoine eile air rudan a thachair dhomh, ag innse mun bhuaidh a bha aca air mo smaoineachadh agus m' fhaireachdainn.</p> <p style="text-align: right;">GAI 2-30a</p> <p>An dèidh nan eileamaidean a bhios sgriobhaichean a' cleachdadh ann an diofar genres a rannsachadh, 's urrainn dhomh na ionnsaicheas mi a chur gu feum airson mo sgeulachdan, dàin is deilbh-chluich fhìn a chruthachadh, le structar inntinneach agus iomchaidh, caractaran inntinneach agus/no suidheachaidhean a tha a' tighinn beò.</p> <p style="text-align: right;">GAI 2-31a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cruthachadh raon de theacsainean goirid agus leudaichte gu cunbalach, airson diofar adhbharan.</i> Feuchainn ri conaltradh agus / no buaidh a thoirt air an leughadair tro thaghadh fhacail agus / no cleachdadh cànan. <p><i>Ann an sgriobhadh gus fiosrachadh a nochdad, iomradh a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no beachd-smuaintean a chothlamadh ann an diofar dhòighean:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Cleachdadh stoidhle agus cruth iomchaidh airson fiosrachadh a nochdad, a' cur an sàs priomh fheartan den ghnè thaghte.</i> <i>Gabhail a-steach bheachdan, eòlas agus fiosrachadh buntainneach.</i> <i>Eagrachadh agus taisbeanadh fiosrachaiddh ann an dòigh tuigseach.</i> <i>Cleachdadh guth agus briathrachas a tha freagarrach don adhbhar.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh airson ìmpidh, luachadh, cùisean a rannsachadh no beachd a thoirt seachad:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Taisbeanadh bheachdan agus fiosrachadh buntainneach, a' gabhail a-steach taic mion-fiosrachaiddh, airson puing a nochdad.</i> <i>Eagrachadh fiosrachaiddh ann an dòigh tuigseach.</i> <i>Cleachdadh fhacail no abairtean ceangalach mar a bhios iomchaidh.</i> <i>Gabhail a-steach ro-ràdh a tha a' dèanamh a' chuspair soilleir agus co-dhùnad a tha a' cur crioch air an sgriobhadh.</i> <i>Feuchainn ri cànan a chleachdadh gus buaidh a thoirt no ìmpidh a chur air an leughadair, mar eisimpleir taghadh fhacail, puingeachadh, ath-aithris, ceistean deas-chainnteach agus / no cainnt fhaireachdainneil.</i> <p>Ann an sgriobhadh airson iomradh a thoirt agus eòlasan a roinn:</p> <ul style="list-style-type: none"> Toirt iomradh air eòlasan pearsanta, a' dèanamh co-theacsia agus tachartasan soilleir. Cleachdadh briathrachas soilleir gus iomradh a thoirt air smuaintean agus faireachdainean. Dèanamh oidhirp air conaltradh le no buaidh a thoirt air an leughadair tro briathrachas agus/no cleachdadh cànan.
--	---	--

		<p>Ann an sgriobhadh mac-meanmhainneach no cruthachail:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cur an gnìomh prìomh fheartan den ghnè thaghte ann an dòigh iomchaidh. • Cruthachadh charactar(an) inntinneach tro mar eisimpleir am faireachdainnean agus gnìomhan, iomradh corporra, agus / no còmhradh. • Cruthachadh suidheachadh/co-theacsa le beagan mion-fhiosrachaidh tuairisgeulach. • Dèanamh oidhirp air cànan iomhaigheach a chleachdad airson conaltradh leis an leughadair, mar eisimpleir, samhla, meatafor, sruth-fhacail agus àibheiseachadh. • Cruthachadh phlotaichean le structaran soilleir, mar eisimpleir fosgladh freagarrach, puing tionndaidh, àirde agus / no deireadh math.
--	--	---

Slatan-tomhais – Litearrachd agus Gàidhlig Treas Ìre

Tarsainn na h-ìre, tha luchd-ionnsachaidh a' cleachdadadh Gàidhlig le misneachd, soilleireachd, fileantachd agus cruinneas gràmair a tha a' sior fhàs ann an suidheachadh làn-bhogaidh agus bogaidh.

E i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
	Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùibhlain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainchean rim bheatha	<p>Bidh mi tric a' taghadh agus ag èisteachd no a' coimhead theacsainchean airson tlachd agus ùidh, agus is urrainn dhomh innse cho math 's a tha iad a' freagairt air m' iarrtasan agus na bha mi a' sùileachadh bhuapa agus is urrainn dhomh adhbharan a thoirt seachad, le eisimpleirean, airson mo bheachd.</p> <p>Is urrainn dhomh gu cunbalach cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a thaghadh airson mo theacsainchean fhìn a chruthachadh, agus tha mi a' toirt air adhart mo stoidhle fhìn.</p> <p style="color: red;">LIT 3-01a / LIT 4-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Taghadh theacsainchean labhairte gu cunbalach agus toirt iomradh, le mìneachadh iomchaidh, air cho math agus a tha teacsa no stòr a' gabhail a-steach iadsan bho mheadhanan Gàidhlig, a' coileanadh theumalachdan agus dhùilean.</i>
	Innealan airson èisteachd agus labhairt – airson mo chuideachadh nuair a bhios mi a' dèildeadh ri daoine eile no a' dèanamh	Mar a tha mi ag èisteachd agus a' com-pàirteachadh ann an còmhraidhean, is urrainn dhomh briathrachas, abairtean agus gnàthas-cainnt Gàidhlig eòlach agus ùr a chleachdadadh, airson mo chuideachadh a' conaltradh ann an dòigh cho-leanailteach a' cleachdadadh briathrachais	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cur gu cunbalach ri deasbadan buidhne no ann an suidheachadh co-obrachail, gabhail os làimh diofar dhreuchdan gus smuaintean, eòlas no beachdan a thabhan le fianais thaiceil.</i> <i>Toirt freagairt iomchaidh do bheachdan chàich, a' leasachadh no ag atharrachadh a smuaintean no chànan fhèin.</i> <i>Togail air tabhartasan chàich, mar eisimpleir le bhith a' faighneachd no a' freagairt cheistean a' cleachdadadh sgilean smaoineachaидh àrd-ìreil,</i>

È i s t e a c h d a g u s L a b h a l r	<p>taisbeanadh an taobh a-staigh agus a-muigh dem àite ionnsachaidh</p> <p>leudaichte agus structaran càinain nas toinnte.</p> <p>GAI 3-02a</p> <p>'S urrainn dhomh dèiligeadh ri daoine eile gu h-iomchaidh, am brosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt agus tha mi a' tuigsinn gu bheil làn chòir aca beachd eadar-dhealaichte a bhith aca.</p> <p>'S urrainn dhomh freagairt a rèir mo shuidheachaidh agus na chanas daoine eile a chleachdadħ airson smaoineachadh a mheasadħ, a shoilleireachadh no atharrachadh.</p> <p>LIT 3-02a</p> <p>An dèidh feartan cànan labhairt a rannsachadh agus a sgrùedadadh, 's urrainn dhomh sin a chur gu feum, a' taghadh ire-cànan a tha a' freagairt air mo chuspair agus mo luchd-amais.</p> <p>GAI 3-03a</p>	<p>soilleireadh no toirt gearr-chunntas air puingean, cur taic ri no dùblanachadh bħarailean no bheachdan. Cleachdadħ għuθ a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-èisteachd sa mhorr-chuid.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cur an gniomh sgilean iomchaidh conaltraidh briathrail agus neo-briathrail airson conaltradh a neartachadh, mar eisimpleir glacadh sùla, modh bodhaige, astar, għuθ, cuideam agus / no innealan deas-chainnteach. • Cleachdadħ raon de bhriathrachas agus modh-càinain eòlach is speisealta, agus gnàthas-cainnt a tha iomchaidh don luchd-èisteachd agus tarsainn raoītean curraicealaim. • Taisbeanadh cruinneas a tha a' sior fhàs ann an cleachdadħ gràmair agus structaran seantans toinnte.
<p>Lorg agus cleachdadħ fiosrachaidh – nuair a thatħar ag èisteachd ri, a' coimhead agus a' bruidhinn mu theacsäichean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil</p>	<p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • adhbhar agus priomh chuspairean teacsa aithneachadh is innse le cinnt is brigh nam priomh aithrisean a thuigsinn • aithneachadh is bruidhinn air mar tha seorsäichean teacsa coltach is aocoltach 	<ul style="list-style-type: none"> • Comharrachadh adhbhar agus toirt cunntas air adhbhar agus priomh bheachdan theacsäichean labhairte le dearbhadh iomchaidh. • Comharrachadh choltachdan is diofaran eadar teacsäichean, mar eisimpleir susbaint, stoidħle agus / no cànan. • Cleachdadħ fhacail fhèin agus briathrachas freagarrach airson nòtaichean a dhèanamh agus eagrachadh, a' tagħadħ priomh fiosrachaidh. • Cleachdadħ nòtaichean airson teacsäichean ùra a chruthachadh a tha freagarrach do luchd-èisteachd a tha a' taisbeanadh tuigse don adhbhar. • Ath-sgrùedadħ teacsa gus cruinneas a leasachadh agus fàs nas

	<p>cho simplidh</p> <ul style="list-style-type: none"> • am fiosrachadh a chur gu diofar sheòrsa feum. LIT 3-04a <p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson smaoineachadh a thoirt air adhart agus airson mo chuideachadh le fiosrachadh a ghlidheadh agus a chuimhneachadh, cùisean a rannsachadh agus teacsainchean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh. LIT 3-05a / LIT 4-05a</p> <p>'S urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan, fiosrachadh no beachdan deatamach agus fiosrachadh-taic a chur ann an òrdugh rianail agus briathrachas iomchaidh a chleachdadh airson mi fhìn a chur an cèill gu h-èifeachdach rim luchd-amais. LIT 3-06a / LIT 4-06a</p>	
<p>Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh – a' rannsachadh agus/no a' meas theacsainchean, le beachdan, structaran</p>	<p>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' toirt beachd, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsainchean goirid agus fada. LIT 3-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Toirt seachad bheachdan measaidheil a tha a' taisbeanadh tuigse don t-susbaint, cruth agus / no stoidhle theacsainchean labhairte.</i> • <i>Comharrachadh altan-obrach impidheach, mar eisimpleir taghadh fhacail, cànan faireachdainneil, ath-aithris, ceistean deas-chainnteach agus / no cleachdadh staitistearachd.</i>

	<p>agus briathrachas speisealta nach eil cho simplidh, airson diofar adhbharan</p> <p>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, tha mi ag ionnsachadh mu na dòighean a bhithear a' cleachdadh airson buaidh a thoirt air beachd dhaoine agus mar a mheasas mi luach nan goireasan agam, agus aithnichidh mi nuair a thathar a' cur ìmpidh orm.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Beachdan air earbsachd agus buntainneas / feum stòran.
<p>Cruthachadh theacsainean - a' cur an gniomh nan eileamaidean a bhios daoine eile a' cleachdadh airson diofar sheòrsaichean theacsainean goirid agus fada a chruthachadh, anns a bheil beachdan, structaran agus briathrachas nach eil cho simplidh</p>	<p>Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> fiosrachadh, smuaintean no beachdan a thoirt seachad pròiseasan, bun-bheachdan agus beachdan a mhineachadh cùisean a thèid a thogail aithneachadh, geàrr-chunntas a thoirt air na co- dhùnaidhean no brìgh na cùise a thuigsinn. <p style="text-align: center;">LIT 3-09a</p> <p>Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-</p>	<ul style="list-style-type: none"> Conaltradh ann an dòigh shoilleir fhaireachdainneil ann am measgachadh de cho-theacsan. Taisbeanadh bheachdan no cumail suas barail a tha a' gabhail a-steach mion-fiosrachadh no fianais iomchaidh. Eagrachadh smaoineachadh agus structaradh chòmhraidhean gus beachdan a thaisbeanadh ann an dòigh cho-leanailteach. Tòiseachadh agus crìochnachadh òraidean le oidhrip air conaltradh ris an luchd-èisteachd. Cleachdadh phuist-soidhne tro na h-òraidean gus structar bunasach no argamaid a thaisbeanadh, mar eisimpleir seantansan cuspaireil agus / no abairtean ceangalach. Cleachdadh guth iomchaidh agus briathrachas speisealta airson adhbhar agus luchd-èisteachd. Tha cleachdadh air gràmar a' sior fhàs mionaideach. Cur an gniomh sgilean freagarrach conaltraidh briathrail agus neo- bhriathrail ann an taisbeanaidhean agus eadar-obrachaidhean fhèin le càch, gus conaltradh agus còmhradh le luchd-èisteachd a neartachadh, mar eisimpleir glacadh sùla, cànan bodhaig, astar, guth agus / no innealan deas-chainnteach. Taghadh agus cleachdadh stòrasan iomchaidh, a' gabhail a-steach teicneòlas didseatach, gus conaltradh agus còmhradh le luchd- èisteachd a neartachadh.

eisimeileach.

LIT 2-10a / LIT 3-10a

Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsaichean rim bheatha	Bidh mi gu tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh, agus 's urrainn dhomh innse cho math 's a tha iad a' freagairt air m' fheuman agus na bha mi a' sùileachadh bhuapa, agus adhbharan a thoirt seachad, le eisimpleirean, airson mo fhreagairt phearsanta. Is urrainn dhomh goireasan ⁴ a lorg airson mo raon leughaidh a leudachadh. LIT 3-11a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Taghadh theacsaichean gu cunbalach airson tlachd agus ùidh, a' gabhail a-steach meadhanan Gàidhlig no stòran buntinneach eile airson smaoineachadh fhiosrachadh.</i> <i>Toirt freagairt phearsanta do theacsaichean le dearbhaidhean iomchaidh.</i> <i>Mineachadh na h-ìre gu bheil teacsa no stòr a' coileanadh fheumalachdan agus dhùilean le dearbhadh iomchaidh.</i>
Innealan airson leughadh - airson mo chuideachadh a' cleachdadh theacsaichean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas air nach eil mi eòlach no nach eil cho sìmplidh, an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh	Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleige, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas siùbhlaiche agus le tuigse is faireachdann a tha a' sior fhàs. GAI 2-12a / GAI 3-12a / GAI 4-12a 'S urrainn dhomh na ro-innleachdan agus na goireasan as fheumaile dhomh a thaghadh agus a cleachdadh mus leugh mi agus fhad 's a tha mi a' leughadh airson measadh na tha mi a' tuigsinn. LIT 3-13a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Leughadh theacsaichean neo-aithnichte le fileantachd agus faireachdann, a' cleachdadadh astar agus guth iomchaidh, a' taisbeanadh tuigse.</i> Cur an gniomh eòlas ionlan air cànan, leithid tuairmsean co-theacsa, freumhan fhacail, gràmar, puingeachadh, structaran seantans agus teacsa, gus raon de theacsaichean neo-aithnichte a leughadh le tuigse. <i>Cur an gniomh raon de ro-innleachdan leughaidh gus conaltradh le teacsaichean agus an ceasnachadh, mar eisimpleir grad-leughadh, sganadh, ro-innse, soilleireachadh, geàrr-iomradh agus mion-sgrùdadh.</i> <i>Taghadh agus cleachdadadh stòrasan is ro-innleachdan gus tuigse do bhriathrachas neo-aithnichte speisealta agus nas toinnte, a sgrùdadh agus a dhearbhadh.</i>

⁴ Bu chòir do ghoireasan a bhith air am mìneachadh san dòigh as fharsainge, mar eisimpleir goireasan traidiseanta leithid leabharlannan agus cuideachd an raon air fad de chothroman didseatach agus eadar-phearsanta airson ionnsachadh mu theacsaichean.

<p>Lorg agus cleachdadhs fiosrachaidh – nuair a bhithear a’ leughadh agus a’ cleachdadhs theacsainean ficsean agus neo-fhicsean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach</p>	<p>A’ cleachdadhs nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, ’s urrainn dhomh fiosrachadh à diofar ghoireasan a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh, a ghoirrachadh, a chur còmhla ri fiosrachadh eile agus a chur gu feum.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-14a / LIT 4-14a</p> <p>’S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson mo smaoineachadh a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh agus teacsainean ùra a chruthachadh, a’ cleachdadhs m’ fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-15a / LIT 4-15a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Lorg agus taghadh fiosrachadh buntainneach bho mheasgachadh de stòran airson raon de dh’adhbharan.</i> <i>Dèanamh geàrr-chunntas air fiosrachadh, a’ cleachdadhs fhacail fhèin.</i> <i>Dèanamh agus eagracachadh nòtaichean, taghadh prìomh fiosrachaidh, ceangal bheachdan bho bharrachd air aon stòr, a’ cleachdadhs fhacail fhèin.</i> <i>Cleachdadhs nòtaichean airson smaoineachadh a leasachadh, fiosrachadh a ghleidheadh agus ath-ghairm, agus cùisean a rannsachadh.</i> <i>Cleachdadhs nòtaichean airson teacsainean ùra a chruthachadh, a tha a’ taisbeanadh tuigse don chuspair no don chùis agus a’ tarraing air fiosrachadh bho bharrachd air aon stòr.</i>
<p>Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh – a’ rannsachadh agus/no a’ tuigsinn theacsainean ficsean agus neo-fhicsean airson diofar adhbharan, anns a bheil smuaintean, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh</p>	<p>Airson sealltainn na tha mi a’ tuigsinn ann an diofar roinnean ionnsachaidh, ’s urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • adhbhar, prìomh chuspairean no bhun-bheachdan aithneachadh, beachdachadh orra agus am fiosrachadh a tha a’ cur taic riutha a chur gu feum • brìgh nam prìomh aithrisean a thuigsinn • faicinn, agus bruidhinn air mar a tha diofar sheòrsaichean teacsa coltach agus aocoltach ri chèile. <p style="text-align: center;">LIT 3-16a</p> <p>Airson mo thugse a shealltainn, ’s urrainn dhomh beachd a thoirt, le eisimpleirean, air susbaint agus</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Comharrachadh adhbhar agus luchd-èisteachd de raon de theacsainean le dearbhadh iomchaidh.</i> <i>Toirt cunntas ceart air prìomh bheachdan theacsainean.</i> <i>Tighinn gu co-dhùnaidhean agus tuigse le dearbhadh iomchaidh.</i> <i>Comharrachadh choltachdan is diofaran eadar teacsainean, tro fhaighneachd is freagairt raon de cheistean, a’ toirt seachad bheachdan iomchaidh mu shusbaint, stoidhle agus / no cànan.</i> <i>Comharrachadh fheartan cànan agus a’ toirt mineachadh iomchaidh air a’ bhuaidh a th’ aca air an leughadair, mar eisimpleir taghadh fhacail, structar seantans, gnàthas-cainnt, puingeachadh, gràmar agus iomhaigheachd.</i> <i>Freagairt do raon de cheistean leughaidh dùinte gus tuigse do theacsainean agus eòlas air cànan, a thaisbeanadh.</i> <i>Comharrachadh agus toirt bheachdan iomchaidh air cànan impidheach leithid taghadh fhacail, cànan faireachdainneil, ath-aithris, ceistean deas-chainnteach, cleachdadhs staitistearachd.</i> <i>Toirt beachd air earbsachd agus buntainneas / feum stòran, le</i>

cruth theacsaichean goirid agus fada, agus dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrìgh aithris agus ceistean measaidh agus ri seòrsaichean eile de dhlùth-leughadh.

GAI 3-17a

Airson mo chuideachadh a'
tighinn gu beachd fiosraichte, tha mi a' rannsachadh nan dòighean a thathar a' cleachdad airson buaidh a thoirt air mo bheatud.
Aithnichidh mi nuair tha ìmpidh ga chur orm agus 's urrainn dhomh measadh dè cho earbsach 's a tha na goireasan agam agus dè an luach a tha anna.

LIT 3-18a

'S urrainn dhomh:

- bruidhinn air structar, caractaran agus/no suidheachadh agus am measadh, a' cleachdad eisimpleirean gus taic a chur rim bheatud
- priomh chuspair an teacsa aithneachadh agus am buntanas a tha aige rim eòlas fhìn agus eòlasan dhaoine eile
- pàirtean de stoidhle an sgriobhaiche agus rudan eile a' buntainn ri genre aithneachadh agus beachd a thoirt orra, le eisimpleirean iomchaidh.

GAI 3-19a

dearbhadh iomchaidh.

- Toirt bheatud measaideil mu structar, obair charactaran agus / no suidheachadh, le iomradh buntainneach air an teacsa.
- Taisbeanadh tuigse do chuspair an sgriobhadair agus comasach air a cheangal ri eòlasan fhèin no eòlasan chàich.
- Comharrachadh agus toirt bheatud measaideil air taobhan de stoidhle an sgriobhadair, cleachdad air cànan agus feartan eile a tha iomchaidh don gnè, le fianais thaiceil.

Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùibhlain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsaichean rim bheatha	Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsaichean agus tha mi a' toirt air adhart na stoidhle agam fhìn. 'S urrainn dhomh gu cunbalach cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a thaghadh a fhreagras air feuman mo luchd-amais. LIT 3-20a / LIT 4-20a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Sgriobhadh airson raon de dh'adhbharan agus luchd-èisteachd, taghadh ghnèithean, cruth, structar agus stoidhle iomchaidh gus conaltradh a neartachadh agus feumalachdan an luchd-èisteachd a choileanadh.</i>
Innealan airson sgrìobhadh – a' cleachdadh eòlas air cùisean teicnigeach airson mo sgrìobhadh a chuideachadh a thaobh conaltradh èifeachdach a dhèanamh an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh dem àite ionnsachaidh	'S urrainn dhomh raon de ro-innleachdan agus de ghoireasan a chleachdad, agus a' chuid mhòr de na facail a dh'fheumas mi a litreachadh, nam measg briathrachas speisealta, a' dèanamh cinnteach gu bheil mo litreachadh gun mhearachd. LIT 3-21a A rèir an amais agam agus an t-seòrsa teacsa a tha ann, is urrainn dhomh diofar sheòrsaichean sheantansan a phuingeachadh agus a chur ri chèile ann an dùigh a tha reusanta, agus an cur ann an òrdugh a tha a' dèanamh am brigh soilleir, a' nochdadh ceangal sìmplidh eadar paragrafan. LIT 3-22a / LIT 4-22a Tron phròiseas sgrìobhaidh gu lèir, s urrainn dhomh mo sgrìobhadh a mheasadh agus atharrachadh airson a bhith cinnteach gu bheil e freagarrach airson an adhbhair aige is gu bheil e a' dèanamh ciall air a' chiad leughadh. LIT 3-23a	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cur an gnìomh raon de ro-innleachdan agus stòrasan airson mòr-chuid de fhacail a litreachadh gu ceart, a' gabhail a-steach briathrachais ain-eòlach agus speisealta.</i> <i>Cleachdad puingeachadh nas toinnte mar as iomchaidh, airson brigh a mhìneachadh no ann an oidhrip air sgrìobhadh a neartachadh, mar eisimpleir cromagan turrach, clisg-phuingean, comharran ceist, còileanan, eadar-ràdhan, trì-phuingean, asgairean. Tha puingeachadh measgaichte agus ceart sa mhòr-chuid.</i> <i>Sgriobhadh mòr-chuid de sheantansan le gràmair ceart mar as iomchaidh don ìre ionnnachaidh.</i> <i>Cleachdad measgachadh de structaran seantans, le caochladh fhosglaidhean agus fhaid, mar eiisimpleir, seantansan sìmplidh agus toinnte, liostaichean agus ath-aithris.</i> <i>Cleachdad pharagrafan gu h-èifeachdach airson susbaint a structaradh. Cleachdad abairtean ceangalach agus seantansan cuspaireil mar a tha iomchaidh mar chomharran stiùiridh do structar bunasach, loidhne smaoineachaiddh no argamaid.</i> <i>Sgriobhadh ann an dùigh fhileanta agus so-leughte.</i> <i>Ceartachadh agus ath-sgrùdadh sgrìobhadh an dèidh ais-fhiosrachaidh, a' cleachdadh thargaidean airson leasachadh gus soilleireachd brigh is mionaid eachd theicnigeach a dhèanamh cinnteach, agus susbaint no cànan a leasachadh.</i> <i>Taghadh agus cleachdad fheartan dealbh-chruth is taisbeanaidh,</i>

	<p>'S urrainn dhomh smaoineachadh air a' bhuaidh a bhios aig cruth agus coltas an teacsa air an leughadair, a' taghadh agus a' cleachdadh diofar fheartan a rèir adhbhair an teacsa agus a rèir an luchd-amais.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-24a</p>	<p><i>a' gabhail a-steach ann an teacsainchean didseatach, iomchaidh don adhbhar agus luchd-èisteachd, mar eisimpleir le bhith cleachdadh cinn, puingean peileir, bogsainchean teacsa agus / no grafaigs bhuntainneach.</i></p>
S g r ì o b h a d h	<p>Cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh – a' beachdachadh air teacsainchean airson cuideachadh le cruthachadh theacsainchean goirid, agus fada, airson diofar adhbharan</p> <p>'S urrainn dhomh notaichean is diofar sheòrsainchean sgrìobhaidh eile a chleachdadh gus smuaintean a chur ri chèile agus a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, no teacsa ùr a chruthachadh.</p> <p>Tha mi a' tuigsinn cuin a tha e iomchaidh dhomh facail a thogail à goireasan agus cuin as còir puingean a chur nam fhacail fhìn. 'S urrainn dhomh taing a thoirt don fheadhainn bhon d' fhuaire mi fiosrachadh ann an dòigh iomchaidh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-25a</p> <p>Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, gu neo-eisimeileach, airson diofar adhbharan, agus fiosrachadh no smuaintean deatamach agus fiosrachadh eile a tha a' cur taic riutha a chur ann an òrdugh rianail. 'S urrainn dhomh facail iomchaidh a chleachdadh airson rudan a chur an cèill gu soilleir ris an luchd-amais agam.</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cleachdadh nòtaichean agus / no stòran eile airson beachdan is fiosrachadh a mhion-sgrùedad, a luachadh agus a cho-thàthadh, smaoineachadh fiosrachadh agus taic a chur ri cruthachadh theacsainchean ùra.</i> <i>Taghadh bheachdan agus fiosrachadh buntainneach, a' gabhail a-steach taic mion-fiosrachaiddh no fianais iomchaidh.</i> <i>Cleachdadh agus toirt aithne do stòran mar as iomchaidh.</i> <i>Eagrachadh bheachdan no fiosrachadh ann an dòigh tuigseach airson slighe beachd a mhìneachadh.</i> <i>Cleachdadh briathrachas iomchaidh agus measgaichte, a' gabhail a-steach cuid de briathrachas neo-aithnichte agus speisealta gus brigh a shoilleireachadh agus / no feuchainn ri sgrìobhadh a neartachadh.</i>

		LIT 3-26a / LIT 4-26a	
S g r ì o b h a d h	<p>Cruthachadh theacsaichean - beachdachadh air teacsaichean gus cuideachadh le teacsaichean goirid agus leudaichte a chruthachadh do dhiofar adhbharan</p> <p>'S urrainn dhomh aire leughadairean a ghilcadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a' cleachdadhan cànan, stoidhle agus an tòn a tha a' dol leis an genre.</p> <p style="text-align: center;">GAI 3-27a / GAI 4-27a</p> <p>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhìneachadh agus smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-28a</p> <p>'S urrainn dhomh ìmpidh a chur, argamaid a dhèanamh, cùisean a rannsachadh no beachd a chur an cèill, a' cleachdadhan smaoineachadh soilleir, taic o fiosrachadh mionaideach agus/no eisimpleirean.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-29a</p> <p>'S urrainn dhomh cunntas cinnteach a thoirt dhan leughadair air rud a thachair dhomh gu pearsanta, ag innse m' fhaireachdann agus mo dhòigh air dèiligeadh ri sudheachadh a bha ag atharrachadh, le mo bheachd a' coimhead air ais air.</p> <p style="text-align: center;">GAI 3-30a</p> <p>An dèidh nan eileamaidean a bhios sgriobhaichean a' cleachdadhan a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cruthachadh theacsaichean goirid agus leudaichte gu cunbalach airson raon de dh'adhbharan agus luchd-èisteachd.</i> <i>Conaltradh leis agus / no toirt buaidh air an leughadair tro chleachdadhan cànan, stoidhle agus guth mar as iomchaidh don ghnè, mar eisimpleir taghadh fhacail, cànan impidheach, mionaideachd gràmair agus gnàthas-cainnt, iomhaigheachd, innealan deas-chainnteach.</i> <i>Cleachdadhan gràmair gu ceart agus ceartachadh mhearachdan tro dhearbh-leughadh.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh airson fiosrachadh iomchair, iomradh a dhèanamh air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhìneachadh agus beachd-smuaintean a chothlamadh:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Cleachdadhan stoidhle agus cruth a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-èisteachd, a' cur an gniomh fheartan den ghnè a tha air a thaghadh.</i> <i>Gabhal a-steach beachd-smuaintean / èolas / fiosrachadh buntainneach le mion-fiosrachadh no fianais thaiceil iomchaidh.</i> <i>Eagrachadh agus structaradh bheachd-smuaintean no fiosrachadh ann an dòigh tuigseach, a' cleachdadhan facail no abairtean ceangalach.</i> <i>Cleachdadhan measgachadh de dh'fhacail no de dh'abairtean ceangalach.</i> <i>Cleachdadhan seantanasan cuspaireil gus fòcas pharagrafan a chur an aithne gus structar bunasach a chomharrachadh.</i> <i>Cleachdadhan guth freagarrach agus briathrachas, gràmar is gnàthas-cainnt speisealta airson adhbhar agus luchd-èisteachd.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh airson ìmpidh, argamaid, luachadh, cùisean a rannsachadh no beachd a chur air adhart:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Taisbeanadh bheachd-smuaintean no ag iomchair beachd le mion-fiosrachadh iomchaidh agus fianais thaiceil.</i> <i>Eagrachadh agus structaradh bheachd-smuaintean no fiosrachadh ann an dòigh tuigseach.</i> 	

	<p>rannsachadh, 's urrainn dhomh teacsainchean a chruthachadh ann an diofar genres:</p> <ul style="list-style-type: none"> • a' fighe a-steach gu snasail gnàthasan an genre a thagh mi agus/no • a' cleachdadh structaran cinnteach agus iomchaidh agus/no • a' cruthachadh charactaran inntinneach is creidsinneach agus/no • a' cruthachadh shuidheachaidhean creidsinneach a thig beò. <p style="text-align: center;">GAI 3-31a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh phuist-soidhne gus structar agus / no argamaid a dhèanamh soilleir, mar eisimpleir seantansan cuspaireil, abairtean ceangalach. • Gabhail a-steach cur-an-aithne èifeachdach a tha a' dèanamh adhbhar an teacsa soilleir agus a' dèanamh oidhirp air choreigin air conaltradh leis an luchd-èisteachd. • Criochnachadh le deireadh a tha a' co-dhùnadh na dòigh smaoineachaيدh. • Cleachdadh càinain / altan-obrach gus buaidh a thoirt no ìmpidh a chur air an leughadair, mar eisimpleir taghadh fhacail, ath-aithris, ceistean deas-chainnteach, atharrais, cànan faireachdainneil. <p>Ann an sgrìobhadh airson eòlasan pearsanta iomchair:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Stèidheachadh co-theacs agus suidheachadh soilleir airson tachartasan. • Toirt iomradh air tachartasan gu dùrachdach, a' dèanamh fhaireachdainean agus iom-obrachaidhean soilleir. • Dèanamh oidhirp air meòrachadh air eòlasan agus / no faireachdainean. • Conaltradh le no toirt buaidh air an leughadair tro chleachdadh air cànan, stoidhle agus/no guth. <p>Ann an sgrìobhadh gu mac-meanmhainneach no gu cruthachail: :</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cur an sàs priomh fheartan a' ghnèithe thaghte gu h-èifeachdach. • Cruthachadh charactaran inntinneach agus dearbhach. • Cruthachadh faireachdainn soilleir de shuidheachadh le mion-fhiosrachadh tuairisgeulach. • Dèanamh oidhirp air conaltradh leis an leughadair agus èifeachdan a choileanadh tro, mar eisimpleir, structar aithriseach, fonn/sunnd agus cànan. • Dèanamh oidhirp air gràmar a chleachdadh gu ceart agus a' leasachadh theacsainchean tro dhearbh-leughadh.
--	--	--

Slatan-tomhais – Litearrachd agus Gàidhlig Ceathramh ìre

Tarsainn na h-ìre, tha luchd-ionnsachaidh a' cleachdadadh na Gàidhlig le misneachd, soilleireachd agus fileantachd, agus grèim math aca air gràmar ann an suidheachadh làn-bhogaidh agus bogaidh.

È i s t e a c h d a g u s L a b h a i r t	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagast agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
	Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùibhlain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainchean rim bheatha	<p>Bidh mi tric a' taghadh agus ag èisteachd no a' coimhead theacsainchean airson tlachd agus ùidh, agus is urrainn dhomh innse cho math 's a tha iad a' freagairt air m' iarrasan agus na bha mi a' sùileachadh bhuapa agus is urrainn dhomh adhbharan a thoirt seachad, le eisimpleirean, airson mo bheachd.</p> <p>Is urrainn dhomh gu cunbalach cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a thaghadh airson mo theacsainchean fhìn a chruthachadh, agus tha mi a' toirt air adhart mo stoidhle fhìn.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-01a / LIT 4-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Toirt freagairt phearsanta do theacsainchean labhairte gus a mhìneachadh cho math agus a tha teacsa labhairte no stòr a' coileanadh fheumalachdan is dhùilean, a' dearbhadh agus a' toirt fianais do bheachd le iomradh iomchaidh air an teacsa.</i>
	Innealan airson èisteachd agus labhairt – airson mo chuideachadh nuair a bhios mi a' dèligeadh ri daoine eile no a' dèanamh taisbeanadh an taobh a-staigh agus a-muigh dem àite	<p>Mar a tha mi ag èisteachd agus a' compàirteachadh ann an còmhraighean, is urrainn dhomh briathrachas, abairtean agus gnàthas-cainnt Gàidhlig eòlach agus ùr a cleachdadadh, airson mo chuideachadh a' conaltradh ann an dòigh cho-leanailteach a' cleachdadadh briathrachais leudaichte agus structaran càinain nas toinnte.</p> <p style="text-align: center;">GAI 4-02a</p> <p>Is urrainn dhomh dèligeadh ri daoine eile gu h-iomchaidh, a' dèanamh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Com-pàirteachadh gu h-iomlan ann an deasbadan buidhne no ann an obair cho-obrachail, a' cur air adhart bheachd-smuaintean, eòlas no beachdan buntainneach le fianais thaiceil chinnteach.</i> <i>Freagairt gu deimhinneach agus ann an dòigh iomchaidh do bheachdan chàich, a' gabhail a-steach dùbhlanachadh, ag atharrachadh smaoineachaidh mar a bhios freagarrach.</i> <i>Togail air tabhartasan chàich le bhith a' soilleireachadh no a' dèanamh geàrr-chunntas air puingean, rannsachadh no leudachadh air tabhartasan agus / no dùbhlanachadh smuaintean no bheachdan.</i> <i>Cumail suas guth a tha iomchaidh don luchd-èisteachd. Cleachdadh fheartan den Ghàidhlig le misneachd agus gu fileanta, leithid seantansan toinnte, structaran gramataigeach, gnàthas-cainnt agus</i>

	<p>ionnsachaidh</p> <p>cinnteach gu bheil cothrom aig a huile duine a bhith a' gabhail pàirt, agus am brosnachadh gus àite a thoirt do bheachdan dhaoine eile agus do fhreagairtean eadar-dhealaichte.</p> <p>Is urrainn dhomh freagairt a rèir mo shuidheachaidh, a' sgrùdadhbh is a' togail air rudan a thuirt daoine eile airson smaoineachadh a mheasadh, a shoilleireachadh no atharrachadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-02a</p> <p>An dèidh nàdar cànan labhairt a rannsachadh agus a sgrùdadhbh, 's urrainn dhomh sin a chur gu feum gu neo-eisimeileach, a' taghadhbh, agus a' cumail ri, ire-cànan a tha a' freagairt air mo chuspair agus mo luchd-amais.</p> <p style="text-align: center;">GAI 4-03a</p>	<p><i>briathras speisealta ann an roinn èòlais, bsmuaintean no beachdan, mar a tha iomchaidh don luchd-èisteachd.</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Cur an gniomh raon de sgilean conaltraidh briathrail agus neo-briathrail ann an taisbeanaidhean agus eadar-obrachaidhean labhairte le càch, gus conaltradhbh agus còmhradh le luchd-èisteachd a neartachadh, mar eisimpleir glacadh sùla, cànan bodhaig, astar, guth, cuideam agus innealan deas-chainn teach.</i> <i>Comharrachadh raon de fheartan ann an cànan labhairte agus a' mìneachadh na buaidh a th' aca air an neach-èisteachd, mar eisimpleir cànan bodhaig, gluasadhan, astar, guth agus / no innealan deas-chainn teach.</i>
<p>Lorg agus cleachdadhbh fiosrachaidh – nuair a thathar ag èisteachd ri, a' coimhead agus a' bruidhinn mu theacsaichean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh</p>	<p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa innse gu soilleir is brìgh phrìomh aithrisean a thuigsinn coimeas a dhèanamh eadar caochladhbh sheòrsaichean teacsa fiosrachadh fhaighinn à diofar àitichean, a chur còmhla agus a chur gu diofar sheòrsa feum. <p style="text-align: center;">LIT 4-04a</p> <p>Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgriobhadhbh agus an cur an òrdugh airson smaoineachadh a thoirt air adhart agus airson mo</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Comharrachadh gu neo-eisimeileach adhbhar, luchd-èisteachd agus priomh dhraghan ann an raon de theacsaichean labhairte a tha gu freagarrach dùbhlach. Dearbhadh bheachdan le iomradhbh iomchaidh air an teacsa.</i> <i>Comharrachadh choltachdan agus diofaran eadar teacsaichean, a' toirt beachd air taobhan co-cheangailte ri susbaint, stoidhle agus / no cànan.</i> <i>Dèanamh agus eagrachadh notaichean a' cleachdadhbh fhacail fhèin, co-thàthadh priomh fiosrachaidh bho raon de dhiofar stòran.</i> <i>Cleachdadhbh notaichean airson teacsaichean ùra a chruthachadh a tha a' taisbeanadh tuigse don chùis / chuspair agus a' tarraing air fiosrachadh bho bharrachd air aon stòr. Tha an cànan ceart le grèim làidir air gràmar follaiseach ann am freagairtean.</i>

	<p>chuideachadh le fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, cùisean a rannsachadh agus teacsainchean ùra a chruthachadh, a' cleachdadhbh m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-05a / LIT 4-05a</p> <p>'S urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan, fiosrachadh no beachdan deatamach agus fiosrachadh-taic a chur ann an òrdugh rianail agus briathrachas iomchaidh a chleachdadhbh airson mi fhìn a chur an cèill gu h-èifeachdach don luchd-amais.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-06a / LIT 4-06a</p>	
<p>Tuigsinn, dèanamh analis agus luachadh – a' rannsachadh agus/no a' meas theacsainchean, le beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho sìmplidh, airson diofar adhbharan</p>	<p>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' toirt bheachdan mionaideach, breithneachail, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsainchean goirid agus fada.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-07a</p> <p>Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, aithnichidh mi cuid de na dòighean a tha air an cleachdadhbh airson buaidh a thoirt air daoine no ìmpidh a chur orra agus 's urrainn dhomh luach nan goireasan agam a mheasadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Toirt seachad bheachdan measaidheil mionaideach mu thaobhan den t-susbaint, cruth agus stoidhle theacsainchean labhairte.</i> <i>Comharrachadh cànan ìmpidheach a' gabhail a-steach taghadh fhacail, cànan faireachdaineil, ath-aithris, ceistean deas-chainneach, cleachdadhbh statistearachd, agus/no àibheiseachadh.</i> <i>Toirt beachd iomchaidh le taic fianais, air buntanas, earbsachd agus creidmheachd stòran, a' dearbhadh bheachdan, a' cleachdadhbh cànan ceart.</i>
<p>Cruthachadh theacsainchean - a' cur an gniomh nan eileamaidean a bhios</p>	<p>Nuir a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> fiosrachadh mionaideach, 	<ul style="list-style-type: none"> <i>Nochdadhbh misneachd agus conaltradh ann an dòigh fhaireachdaineil le measgachadh de luchd-èisteachd.</i> <i>Taisbeanadh bheachdan agus fiosrachaidh no a' cumail suas beachd</i>

<p>daoine eile a' cleachdadh airson diofar sheòrsaichean theacsainchean goirid agus fada a chruthachadh, anns a bheil beachdan, structaran agus briathrachas nach eil cho sìmplidh</p>	<p>smaintean no beachdan a thoir seachad</p> <ul style="list-style-type: none"> • pròiseasan, bun-bheachdan agus smaintean a mhìneachadh, le taic o fhiosrachadh-taic iomchaidh • geàrr-chunntas a dhèanamh air beachdan, ceistean no co-dhùnaidhean. <p style="text-align: center;">LIT 4-09a</p> <p>'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail, nam àite ionnsachaidh agus a-muigh, agus goireasan iomchaidh a thaghadh is an cur an òrdugh gu neo-eisimeileach, mar a tha feum.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-10a</p>	<p><i>le fianais bhuntainneach thaiceil, a' cleachdadh fheartan leithid teicneòlas didseatach airson ùidh a thogail.</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • Structaradh còmhradh ann an dòigh shoilleir agus cho-leanailteach gus conaltradh a neartachadh agus / no airson buaidh. • Tòiseachadh agus criochnachadh òraid ann an dòigh a tha togail ùidh agus a' conaltradh leis an luchd-èisteachd. • Cleachdadh phuist-soidhne gu h-èifeachdach tron òraid gus taic a chur ri loidhne smaoineachaيدh no argamaid a tha structaraichte, mar eisimpleir seantansan cuspaireil, abairtean ceangalach, no aithrisean criochnachaidh. • Atharrachadh guth, briathrachas agus cànan airson conaltradh gu h-èifeachdach leis an luchd-èisteachd. • Cur an gniomh raon de sgilean conaltraidh briathrail agus neo-briathrail ann an taisbeanaidhean agus eadar-obrachaidhean labhairte le càch, a' gabhail a-steach tro chleachdadh air teicneòlas didseatach, gus conaltradh agus còmhradh le luchd-èisteachd a neartachadh, mar eisimpleir glacadh sùla, cànan bodhaig, astar, guth, cuideam agus innealan deas-chainnteach. • Taghadh agus cleachdadh stòrasan a tha làn aithnichte airson conaltradh agus còmhradh le càch a neartachadh, a' cleachdadh cànan a tha ceart.
--	--	---

L e u g h a d h	Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
	Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsaichean rim bheatha	<p>Bidh mi tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd ri no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh, agus 's urrainn dhomh innse cho math 's a tha iad a' freagairt air m' fheuman agus air na bha mi a' sùileachadh bhupa, agus adhbharan a thoirt seachad, le eisimpleirean, airson mo fhreagairt phearsanta.</p> <p>'S urrainn dhomh goireasan a lorg gu neo-eisimeileach gus mo raon leughaidh a leudachadh.</p> <p style="text-align: right;">LIT 4-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Taghadh theacsaichean airson tlachd agus ùidh gu cunbalach agus gu neo-eisimeileach, a' gabhail a-steach meadhanan Gàidhlig no stòran buntinneach airson smaoineachadh fhiosrachadh.</i> <i>Toirt freagairt phearsanta do theacsaichean no mineachadh cho math agus a tha teacsa no stòr a' coileanadh fheumalachdan agus dhùilean, a' dearbhadh agus a' toirt fianais do bheachd le iomradh buntinneach air an teacsa.</i>
	Innealan airson leughadh - airson mo chuideachadh a' cleachdadh theacsaichean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas air nach eil mi eòlach no nach eil cho simplidh, an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh	<p>Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleige, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas siùbhlaiche agus le tuigse is faireachdainn a tha a' sior fhàs.</p> <p>GAI 2-12a / GAI 3-12a / GAI 4-12a</p> <p>Mus leugh mi agus fhad 's a tha mi a' leughadh, 's urrainn dhomh ro-innleachdan agus goireasan a chleachdadh gu neo-eisimeileach airson mo chuideachadh a' leughadh measgachadh farsaing de theacsaichean agus/no airson am fiosrachadh a tha a dhìth orm a lorg.</p> <p style="text-align: right;">LIT 4-13a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Leughadh le fileantachd, tuigse agus faireachdainn tarsainn raon de theacsaichean farsaing air feadh gach raon den churraicealam.</i> <i>Cur an gniomh eòlas air cànan leithid freumhan fhacail, gràmar, puingeachadh, guth, structaran seantans agus teacsa, airson teacsaichean a tha gu buntinneach dùbhlanach a leughadh le tuigse.</i> <i>Cur an gniomh raon de ro-innleachdan airson conaltradh le teacsaichean agus an ceasnachadh, mar eisimpleir grad-leughadh, sganadh, ro-innse, soilleireachadh, geàrr-iomradh, mion-sgrùudadh agus nòtachadh.</i> <i>Taisbeanadh tuigse mhath don bhriathrachas agus don chànan a tha air a chleachdadh, a' gabhail a-steach cuid de bhriathrachas speisealta agus nas toinnte.</i>

L e u g h a d h	<p>Lorg agus cleachdadh fiosrachaидh – nuair a bhithear a' leughadh agus a' cleachdadh theacsaichean ficsean agus neo-fhicsean sa bheil beachdan, structaran agus briathrachas speisealta nach</p>	<p>A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh à diofar ghoireasan a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh, a ghoirrachadh, a chur còmhla ri fiosrachadh eile agus a chur gu feum.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-14a / LIT 4-14a</p> <p>'S urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson mo smaoineachadh a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-15a / LIT 4-15a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Lorg agus taghadh fiosrachaидh deatamach bho mheasgachadh de stòran airson raon de dh'adhbharan.</i> <i>Dèanamh geàrr-iomradh air priomh fiosrachadh bho bharrachd air aon stòr, a' cleachdadh fhacail fhèin.</i> <i>Dèanamh agus eagrachadh nòtaichean, co-thàthadh priomh fiosrachadh bho dhiofar stòran, a' cleachdadh fhacail fhèin.</i> <i>Cleachdadh nòtaichean agus eòlas air cànan le mionaideachd, gus teacsaichean ùra a chruthachadh a tha a' taisbeanadh tuigse don chuspair no don chùis, a' co-thàthadh fiosrachaидh bho dhiofar stòran.</i>
		<p>Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh – a' rannsachadh agus/no a' tuigsinn theacsaichean ficsean agus neo-fhicsean airson diofar adhbharan, anns a bheil smuaintean, structaran agus briathrachas speisealta nach eil cho simplidh</p>	<p>Airson sealltainn mo thugse thar diofar roinnean ionnsachaidh, 's urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • adhbhar, priomh phuingean, bun-bheachdan no argamaidean innse gu soilleir agus am fiosrachadh mionaideach a tha a' cur taic riutha chur gu feum • brigh nam priomh aithrisean a thuigsinn, agus an innse nam fhacail fhìn • sealltainn mar a tha diofar sheòrsaichean teacsa coltach is aocoltach ri cheile. <p style="text-align: center;">LIT 4-16a</p> <p>Airson mo thugse a shealltainn, 's urrainn dhomh measadh mionaideach a thoirt seachad, le</p> <ul style="list-style-type: none"> <i>Ag aithris an adhbhair gu soilleir, luchd-èisteachd is priomh dhraghan, bun-bheachdan no argamaidean ann an raon de theacsaichean le dearbhadh iomchaidh.</i> <i>Dèanamh iomraighean cinnteach le dearbhadh iomchaidh.</i> <i>Toirt bheachdan iomchaidh air coltachdan is diofaran eadar an t-susbaint, stoidhle agus taghadh cànan ann an raon de theacsaichean, a' cleachdadh taic mion-fiosrachaидh.</i> <i>Dèanamh luachadh air buaidh fheartan cànan, mar eisimpleir taghadh fhacail, structar seantans, puingeachadh, gràmar agus iomhaigheachd.</i> <i>Freagairt gu mionaideach do raon de cheistean leughaidh dùinte gus tuigse do theacsaichean a thaisbeanadh agus eòlas is tuigse do chànan.</i> <i>Comharrachadh agus luachadh cleachdaidh air claoen-bhàidh agus impidheachd, toirt beachd air cuid de na h-altan-obrach a tha air an cleachdadh leithid taghadh fhacail, cànan faireachdainneil, ath-aithris, ceistean deas-chainnteach, cleachdadh staitistearachd agus/no àibhiseachadh.</i> <i>Toirt bheachdan measaidheil air buntainneas, earbsachd agus creideas</i>

eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsaichean goirid agus fada, agus 's urrainn dhomh dèiligeadh ri diofar sheòrsaichean cheistean agus obair dlùth-leughaidh eile.

GAI 4-17a

Airson mo chuideachadh a'
tighinn gu beachd fiosraichte,
aithnidh mi ìmpidh agus claon-
bhàidh agus na dòighean a
thathar a' cleachdadh airson
buaidh a thoirt air mo bheachd
agus 's urrainn dhomh measadh
dè cho earbsach 's a tha na
goireasan agam agus dè an luach
a tha anna.

LIT 4-18a

'S urrainn dhomh:

- bruidhinn air, agus measadh, cho math 's a tha structar, caractaran agus/no suidheachadh, le taic eisimpleirean
- aithneachadh mar a tha priomh phuingean an sgrìobhaiche air an sealltainn, is mar a tha iad a' ceangal rim eòlas fhìn is eòlas dhaoine eile
- aithneachadh, agus measadh a dhèanamh air, buaidh stoidhle is rudan a' buntainn ri genre, a' cleachdadh eisimpleirean is briathrachas iomchaidh.

GAI 4-19a

stòran, le dearbhadh iomchaidh.

- Toirt bheachdan measaidheil air structar, caractarachadh agus / no suidheachadh, a' toirt fianais do bheachdan tro iomradh iomchaidh air teacsa.
- Taisbeanadh tuigse do mar a tha cuspair an sgrìobhadair ga leasachadh ag aithneachadh mar a tha e co-cheangailte ri eòlasan fhèin agus eòlasan chàich / adhbhar an sgrìobhadair / priomh dhraghan an teacsa.
- Comharrachadh agus toirt bheachdan measaidheil air taobhan de stoidhle an sgrìobhadair, cleachdadh air cànan agus feartan eile a tha freagarrach don ghnè, le fianais theacsail bhuntainneach agus briathrachas iomchaidh.

Luchd-eagrachaidh Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasc agus measadh, a phlanadh	Slatan-tomhais airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Tlachd agus roghainn – ann an àrainneachd brosnachaidh agus dùblain, a' fàs mothachail air a' bhuntanas a tha aig teacsainaichean rim bheatha	<p>Is toigh leam a bhith a' cruthachadh mo theacsainaichean agus tha mi a' toirt air adhart na stoidhle agam fhìn. 'S urrainn dhomh gu cunbalach cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a thaghadh a fhreagras air feuman mo luchd-amais.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-20a / LIT 4-20a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Sgriobhadh airson raon de dh'adhbharan agus luchd-èisteachd a' cleachdadh gràmair san dòigh cheart.</i> <i>Dèanamh thaghaidhean air an deagh bheachdachadh mu ghnè, cruth, structar agus stoidhle gus conaltradh a neartachadh agus feumalachdan an luchd-èisteachd a choileanadh.</i> <i>Ath-sgrùdadh agus ceartachadh obrach tron phròiseas sgriobhaidh gus a bhith cinnteach à soilleireachd brigh agus adhbhair.</i>
Innealan airson sgrìobhadh – a' cleachdadh eòlas air cùisean teicnigeach airson mo sgrìobhadh a chuideachadh a thaobh conaltradh èifeachdach a dhèanamh an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh dem àite ionnsachaidh	<p>'S urrainn dhomh raon de ro-innleachdan agus de ghoireasan a chleachdadh gu neo-eisimeileach, a' dèanamh cinnteach gu bheil mo litreachadh gun mhearakhd, a' gabhail a-steach briathrachas speisealta.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-21a</p> <p>A rèir an amais agam agus an t-seòrsa teacsa a tha ann, is urrainn dhomh diofar sheòrsainaichean sheantansan a phuingeachadh agus a chur ri chèile ann an dòigh a tha reusanta, agus an cur ann an òrdugh a tha a' dèanamh am brìgh soilleir, a' nochdadh ceangal simplidh eadar paragrafan.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-22a / LIT 4-22a</p> <p>Tron phròiseas sgriobhaidh gu lèir, 's urrainn dhomh mo sgrìobhadh a mheasadh agus atharrachadh leam fhin airson a bhith cinnteach gu bheil e freagarrach airson an adhbhair aige agus gu bheil e a' dèanamh ciall gu soilleir air a' chiad leughadh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-23a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cur an gnìomh raon de ro-innleachdan agus stòrasan gus a bhith cinnteach à mionaideachd litreachaidh, a' gabhail a-steach briathrachas neo-aithnicte no speisealta.</i> <i>Cleachdadh measgachadh de phuingeachadh, a' gabhail a-steach cuid de phuingeachadh nas toinnte airson brìgh iomchair agus sgriobhadh a neartachadh, mar eisimpleir cromagan turrach, còileanan, leth-chòileanan, eadar-ràdhan, strìochagan, trì-phuingean agus asgairean. Tha puingeachadh measgaichte agus ceart.</i> <i>Sgriobhadh sheantansan le gràmair ceart.</i> <i>Cleachdadh measgachadh de structaran seantans gus brìgh a shoilleireachadh agus sgriobhadh a neartachadh, mar eisimpleir seantansan simplidh agus toinnte, liostaichean, ath-aithris no structaran co-shìnte, ceistean deas-chainnteach agus/no seantansan simplidh.</i> <i>Structaradh sgrìobhaidh gu h-èifeachdach, dèanamh feum math de dh'abairtean ceangalach agus seantansan cuspaireil gus structar soilleir, loidhne smaoineachaiddh no argamaid a chomharrachadh.</i> <i>Sgriobhadh ann an dòigh fhileanta agus furasta a leughadh, a' cleachdadh eòlas mu ghràmar.</i> <i>Ceartachadh agus ath-sgrùdadh obair gu neo-eisimeileach tron phròiseas sgriobhaidh, gus mionaideachd theicnigeach agus soilleireachd brìgh a dhèanamh cinnteach, agus susbaint is gràmar, stoidhle agus structar a leasachadh.</i> <i>Taghadh fheartan dealbh-chruth agus taisbeanaidh, a' gabhail a-steach ann an teacsainaichean didseatach, gus conaltradh agus buaidh air an leughadair a neartachadh, a' dearbhadh roghainnean.</i>

		<p>'S urrainn dhomh dion mo roghainn agus mar a chleachd mi cruth agus coltas an teacsa airson na buaidh a bha nam bheachd a thoirt air an leughadair.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-24a</p>	
S g r ì o b h a d h	<p>Cleachdad agus a' cur òrdugh air fiosrachadh - a' beachdachadh air teacsainean airson cuideachadh le teacsainean goirid agus fada, a chruthachadh airson diofar adhbharan</p>	<p>'S urrainn dhomh notaichean agus diofar sheòrsainean sgrìobhaidh eile a chleachdad airson smuaintean a chur ri chèile agus a thoirt air adhart, fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuimhneachadh, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, no teacsa ùr a chruthachadh.</p> <p>'S urrainn dhomh goireasan a chleachdad ann an dòigh iomchaidh agus chothromach agus an ainmeachadh ann an dòigh iomchaidh.</p> <p style="text-align: center;">LIT 4-25a</p> <p>Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, gu neo-eisimeileach, airson diofar adhbharan, agus fiosrachadh no smuaintean deatamach agus fiosrachadh eile a tha a' cur taic riutha a chur ann an òrdugh rianail. 'S urrainn dhomh facail iomchaidh a chleachdad airson rudan a chur an cèill gu soilleir ris an luchd-amais agam.</p> <p style="text-align: center;">LIT 3-26a / LIT 4-26a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <i>Cleachdadòr notaichean fhèin agus teacsainean eile gus beachd-smuaintean agus fiosrachadh a mhion-sgrùdadh, a luachadh agus a cho-thàthadh airson teacsainean ùra a chruthachadh.</i> <i>Taghadh bheachdan agus fiosrachadh buntainneach gus mion-fiosrachadh no fianais thaiceil a ghabhail a-steach.</i> <i>Toirt feum cunntachail à stòran, a' toirt aithne do agus ag iomradh air stòran mar as iomchaidh.</i> <i>Eagrachadh bheachd-smuaintean agus fiosrachadh deatamach ann an dòigh loidsigeach, gus loidhne smaoineachaidh structaraichte gu soilleir a nochdad.</i> <i>Cleachdadòr briathrachas iomchaidh agus measgaichte agus structarn a tha ceart gu gramataigeach, gus conaltradh gu h-èifeachdach agus / no sgriobhadh a neartachadh.</i>
	<p>Cruthachadh theacsainean - beachdachadh air</p>	<p>'S urrainn dhomh aire leughadairean a ghilcadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a' cleachdadòr cànan,</p>	

<p>teacsainean gus cuideachadh le teacsainean goirid agus leudaichte a chruthachadh do diofar adhbharan</p>	<p>stoidhle agus an tòn a tha a' dol leis an genre.</p> <p>GAI 3-27a / GAI 4-27a</p> <p>'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhìneachadh, le taic eisimpleirean, agus smuaintean no beachdan a shniomh na chèile ann an diofar</p> <p>LIT 4-28a</p> <p>'S urrainn dhomh ìmpidh a chur, argamaid a dhèanamh, measadh, cùisean a rannsachadh no beachdan a chur an cèill agus a dhòn ann an dòigh chinnteach, a' cur taic ri seo le fiosrachadh mionaideach agus/no eisimpleirean.</p> <p>LIT 4-29a</p> <p>'S urrainn dhomh dealbh chinnteach a thoirt dhan leughadair air rud a thachair dhomh gu pearsanta agus beachdachadh air mar a dhèilig mi ri suidheachadh a bha ag atharrachadh, airson aire mo leughadair a ghilcadh.</p> <p>GAI 4-30a</p> <p>An dèidh rannsachadh nan structaran aithriseach a bhios sgriobhaichean a' cleachdad airson teacsainean a chruthachadh ann an diofar genres agus am feuchainn a-mach, 's urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • gnàthasan mo roghainn genre a chleachdad gu snasail agus/no • sunnd no faireachdainn freagarrach a chruthachadh agus/no • dàimhean, gniomhan agus còmhradh 	<ul style="list-style-type: none"> • <i>Cruthachadh theacsainean goirid no leudaichte gu cunbalach agus gu neo-eisimeileach airson raon fharsaing de dh'adhbharan agus luchd-èisteachd.</i> • <i>Cleachdad briathras, stoidhle agus guth freagarrach agus gu h-èifeachdach gus conaltradh le agus / no buaidh a thoirt air an leughadair no èifeachdan sònraichte a chruthachadh.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh gus fiosrachadh a nochdad, iomradh a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bun-bheachdan a mhìneachadh agus beachd-smuaintean a chothlamadh:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Cleachdad stoidhle agus cruth a tha fior fhreagarrach don adhbhar agus don luchd-èisteachd, a' cur an sàs feartan a' ghè thaghte gu h-èifeachdach.</i> • <i>Gabhail a-steach beachd-smuaintean / eòlas / fiosrachadh buntainneach le mion-fiosrachadh no fianais deatamach.</i> • <i>Structaradh sgriobhadh gu h-èifeachdach agus a' dèanamh feum math de dh'abairtean ceangalach agus seantansan cuspaireil, gus structar soilleir a chomharrachadh.</i> • <i>Cleachdad air guth is briathras buntainneach agus eòlas air gràmar air fad.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh airson ìmpidh, argamaid, luachadh, cùisean a rannsachadh no beachd a thoirt seachad:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Taisbeanadh bheachdan no cumail suas beachd a' gabhail a-steach mion-fiosrachadh deatamach agus fianais thaiceil.</i> • <i>Nochdad loidhne smaoineachaidh air a structaradh gu soilleir le abairtean ceangalach agus seantansan cuspaireil èifeachdach.</i> • <i>Gabhail a-steach toiseach agus deireadh èifeachdach.</i> • <i>Cleachdad cànan agus taghadh thacail gus èifeachdan sònraichte a chruthachadh no buaidh a thoirt / ìmpidh a chur air an leughadair, mar eisimpleir taghadh thacail, cànan faireachdainneil, innealan deas-chainnteach, agus/no structar sheantansan.</i>
---	---	--

	<p>creidsinneach a chruthachadh do na caractaran agam.</p> <p>GAI 4-31a</p>	<p><i>Ann an sgriobhadh gus eòlasan pearsanta a nochdadh:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Toirt cunntais air tachartasan ann an dòigh chinnteach, a' stèidheachadh co-theacs / suidheachadh thachartasan gu soilleir.</i> • <i>Ag iomchair fhaireachdainnean / iom-obrachaidhean / eòlasan le faireachdainn de chur an gniomh.</i> • <i>Conaltradh le agus/no toirt buaidh air an leughadair tro chleachdadh air cànan, stoidhle agus/no guth.</i> <p><i>Ann an sgriobhadh gu mac-meanmhainneach no cruthachail:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> • <i>Cur an gniomh feartan den ghnè thaghte le misneachd agus gu h-èifeachdach.</i> • <i>Leasachadh plota, suidheachadh agus caractar ann an dòigh chreidsinneach.</i> • <i>Glacadh an leughadair agus coileanadh èifeachdan sònraichte tro chleachdadh air modhan aithris, astar, sunnd / àile agus / no cànan.</i> • <i>Structar air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus sgriobhadh a neartachadh.</i>
--	--	--